fèisean
NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Dihaoine 23mh Cèitean 2025 bho 1f
Taigh-òsta Mhuilnean an Rìgh, Inbhir Nis

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh bho 1f, Dihaoine 23mh Cèitean 2025 ann an Taigh-òsta Mhuilnean an Rìgh, Inbhir Nis

Clàr-chùisean

2.2025.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

2.2025.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c) Lèirmheas air prògram bhon Mhàrt agus sùil romhainn — Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d) Prògram 2025-26 ùraichte son Alba Chruthachail is Plana CII 2025-28 — Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh

2.2025.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Buidseat 2025-26 ùraichte — Airson Aontachaidh
(b) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2025-26 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c) Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(d) Cothromachadh Ionmhais gu 31mh Màirt 2025 — Airson Fiosrachaidh
(e) Cunntasan Riaghlaidh gu 31mh Màirt 2025 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(f) Tabhartasan nam Fèis 2025-26 — Airson Aontachaidh
(g) Cùmhnantan Maoineachaidh — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

2.2025.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Ceannard ùr: Ùghdarras — Airson Aontachaidh
(b) Fiosrachadh as ùire mun sgioba — Aithris airson Fiosrachaidh

2.2025.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Cruinneachadh 2025: Àite, Prògram agus Aoighean — Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(b) Stòrasan Airgid: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig — Aithirs aiirson Fiosrachaidh
(c) Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan — Airson Aontachaidh
(d) Aithisg air buileachadh Plana CII 2024-25 — Airson Aontachaidh

2.2025.06 EILE

(a) G I S B E
(b) Dearbhadh ceann-latha na h-ath choinneimh: 26.09.2025 — Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail air loidhne bho 11:30m, Dihaoine 14 Màrt 2025

1.2025.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Carola NicCaluim (Cathraiche), Raonaid Lincoln, Krisell Dhòmhnallach, Tomaidh Dòmhnallach, Ceitidh NicAonghais, Muriel MacKaveney, Gwen NicGuaire, Ciorstaidh NicDhùghaill (Iar-chathraiche), Iain MacAsgaill (toiseach na coinneimh), Steven Kellow (Bòrd na Gàidhlig), Antonia Baird (Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anne Willoughby (a' frithealadh), Calum Macmhaoilein (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh) agus Maria NicAsgaill (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar aon.

Mun do dh'fhosgladh a' choinneamh gu h-oifigeil, chuir an cathraiche an cèill a co-fhaireachdainn do theaghlach Màiri Steele a dh'eug o chionn ghoirid. Bha Màiri na ball-comataidh de dh'Fhèis Obar Dheathain agus bhiodh i a' frithealadh chruinneachaidhean bliadhnail Fèisean nan Gàidheal gu cunbhalach.

(b) Leisgeulan

Alasdair Paul, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), agus Rona Gold (Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid).

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 6 Dùbhlachd 2024.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Raonaid Lincoln is Tomaidh Dòmhnallach a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin ann.

1.2025.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Art MacCarmaig air adhartas a' phròg raim-obrach gu deireadh na Dùbhlachd 2024.

Bha Art toilichte toirt fainear gun robh a' mhòr-chuid de ghnìomhan ris an uair, agus thug e aire don dòchas piseach a thoirt air na bha fhathast air a chomharrachadh ann an dearg. Thugadh fainear gun robh CS34, coimisean Blas, air a chomharrachadh dearg air sàilleabh adhbharan buidseit agus nach robh e coltach gun atharraichteadh seo.

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' rianachadh Urras Foghlam Dhòmhnaill Iain MhicAoidh agus tha sinn air foillseachadh cothrom cur mu dheidhinn duais de £750 ann am pròiseact a' cur air adhart foghlam no gnothachas Gàidhlig. Am-bliadhna chaidh leis an tagraiche Ailsa Mhorgan.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg agus don adhartas ann an pròg ram-obrach Fèisean nan Gàidheal.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean air adhartas bhon luchd-obrach a chuairteachadh.

Thug Art MacCarmaig aire do dh'obair sgioba Fèisean nan Gàidheal, do dh'Fhèisgoil, agus don taic ga tabhann do dh'Fhèisean fa leth. Mhol Gwen NicGuaire farsaingeachd na h-obrach a bha ga ghabhail os làimh leis an sgioba.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha san aithisg agus thug an Cathraiche taing don a h-uile duine airson na h-obrach a bha iad ris.

(c) Buidhnean Deasbaid aig Cruinneachadh 2024

Thug am Bòrd fainear do na cuspairean air an deach bruidhinn leis na buidhnean agus ghabh iad ris na puingean gnìomha.

(e) Sùil air ais air a' chlàr-obrach bhon Dùbhlachd 2024 agus sùil air adhart

Chuir Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Macmhaoilein lèir-chunntas an cèill den chlàr-obrach an-dràsta is ri tighinn a tha ga chur an gnìomh le Fèisean nan Gàidheal:

- Bhruidhinn Art air mar a chaidh aca air maoineachadh fhaighinn bho Alba Chruthachail
- Thugadh fainear nach biodh luchd-àrachais Fèisean nan Gàidheal ag ùrachadh a' phoileasaidh-àrachais a tha ann an-dràsta; 's e dùbhlan air leth a tha seo don àrachas a tha ga thoirt do dh'fhèisean air leth agus 's e pàirt tharraingeach de bhallrachd Fèisean nan Gàidheal a tha anns an àrachas. Fhad 's a chumadh an sgioba air a' sireadh aonta a bheireadh àrachas do na h-uile, thugadh fainear san eadar-ama gum feumadh gach Fèis an cuid àrachais fhèin a chur air dòigh agus na phàigh iad fhaighinn air ais.
- Dh'innis Calum mu Thuras, Fèisean na Càisge, Fuaran agus Oide, Amplify, Cèilidhean air Chuairt, Oideachadh agus 5 Latha.
- Dh'innis Eilidh mu Fhèisgoil, Blasad Gàidhlig, Oideas, Eòlas air a' Ghàidhlig, ICÒ, Beairteas, Panto, Seinn, Acadamaidh a' Mhòid, Meanbh-chuileag, agus clasaichean feasgair Gàidhlig còmhla ri Comhairle Baile Ghlaschu.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha san aithisg agus dh'aontaich iad prìomhachasan nam mìosan romhpa.

1.2025.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus Cosgaisean 2024-25

Bhathar air aithisg a chaidh ullachadh leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a bha a' sealltainn teachd-a-steach is cosgais le gnothaichean ionmhais gu 4 Màrt 2025.

Thug buill a' Bhùird fainear do shuidheachadh an ionmhais gu ruige seo.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil – £17,113.71
- Cunntas Àrd-rèidh - £155,651.29
- Cunntas Blas - £9,331.89
- Cunntas Leasachaidh - £8,219.60
- Urras Cobhair Carthannais (UCC) - £417,211.14

Thug buill a' Bhùird fainear do na suimeannan.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Dùbhlachd 2024

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear do agus dh'aontaich iad na bha anns na cunntasan.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2024-25

Bhathar air liosta de na tabhartasan a bha aontaichte airson Fèisean a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear don fhiosrachadh as ùire air tabhartasan do dh'Fhèisean 2024-25 agus dh'aontaich iad gum bu chòir do dh'Art MacCarmaig tabhartasan nam Fèisean aig a' Chàisg 2025 a cheadachadh, leis an fheadhainn sin agus an còrr de thabhartasan 2025-26, ri bhith air an aontachadh aig an ath-choinneimh den Bhòrd sa Chèitean.

(e) Dreachd Buidseit 2025-26

Chaidh dreachd buidseit 2025-26 aontachadh leis a' Bhòrd.

(f) Aontaidhean Maoineachaidh

Tha conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal is na buidhnean a mhaoinicheas ar prògram-obrach agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh do bhuill a' Bhùird leis an fhiosrachadh as ùire air ìre ar n-aontaidhean leotha.

Thug an Cathraiche taing do ar com-pàirtichean maoineachaidh airson an taic leantainneach den bhuidhinn.

Thugadh fainear don aithisg leis a' Bhòrd.

(g) Cothromachadh an Ionmhais gu 31 Màrt 2025

Dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir don Cheannard cosg maoin sam bith a cheadachadh a tha ri ath-riarachadh aig deireadh na bliadhn'-ionmhais air chumha 's (a) gu bheil am maoin gu leas nam Fèisean agus (b) gu bheil na maoinean gan cosg taobh a-staigh crìochan cosg ceadaichte a' Cheannaird.

4.2024.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Am fiosrachadh as ùire

Thugadh fainear gun robh Art MacCarmaig air leigeil fhaicinn gum biodh e ag èirigh à dreuchd a' Cheannaird.

Chaidh daingneachadh gun rachadh sanas na dreuchd a chuairteachadh cho luath 's a bha am panail fastaidh air am pasgan-fiosrachaidh a thoirt gu buil.

Thug an Cathraiche taing do dh'Art MacCarmaig airson a chuid ùine is a shaothair ann an dreuchd Ceannard Fèisean nan Gàidheal agus ghuidh i gach piseach air san àm ri teachd.

(b) Obair Chothromach an Toiseach

Dh'innis Art MacCarmaig am fiosrachadh as ùire air mar a bha Fèisean nan Gàidheal a' cur an gnìomh iomairt Obair Chothromach an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba, is na chois, toradh rannsachadh na sgioba o chionn ghoirid.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg.

1.2025.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Cruinneachadh nam Fèisean 2025

Bheachdaich am Bòrd air molaidhean is tuairmsean ionad is àite-fuirich.

Dh'aontaich buill a' Bhùird gum bu chòir do Chruinneachadh Bliadhnail nam Fèisean a bhith ann an, no faisg air, Glaschu agus dh'iarr iad gum faighte tuilleadh thuairmsean-cosgaisean ron ath-choinneimh.

(b) Maoinean Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig

Bhathar air fiosrachadh air an dà mhaoin a tha gan rianachadh le Fèisean nan Gàidheal a chuairteachadh ron choinneimh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na tabhartasan a chaidh ceadachadh le panailean neo-eisimleach.

4.2024.06 EILE

(a) GISBE

Thug an Cathraiche taing do dh'Aonghas airson eadar-theangachadh agus do na h-uile a bha an làthair.

(b) Coinneamh na h-Ath-Choinneimh

Chaidh daingneachadh gum biodh ath-choinneamh a' Bhùird an làthair a-cheile Dihaoine 23 Cèitean ann an Inbhir Nis.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 2.2025.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne san ceathramh ràith de 2024-25 gu 31mh Màirt 2025.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2024-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar pròram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Clachan-mìle Ìre					
Alba Chruthachail - Clachan-mìle				CA	C	CII	SA	OC	E
AC1	Maoin luach mu £190k air aontachadh do 45 Fèisean ron Chèitean 2024.		Chaidh tabhartasan luach £213,104 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein 2024 den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC3	Maoin air aontachadh do luchd-rianachd tro uairean bliadhnail ron Chèitean 2024.		Chaidh tabhartasan nan uairean bliadhnail, luach £11,004, aontachadh aig coinneamh a' Chèitein 2024 den Bhòrd-stiùiridh.	√	√	√	√	√	
AC3	Àrachas air a chur air dòigh do na Fèisean ron Ghiblean 2024.		Bha àrachas ri fhaighinn ann an 2024 mar phàirt den bhallrachd aig Fèisean ann am Fèisean nan Gàidheal. Nuair a chaidh ùrachadh a dhèanamh san Gearran 2025, dh'innis ar luchd-àrachais nach b' urrainn dhaibh àrachas a	√	√	√	√	√	

			thabhann tuilleadh do bhuidhnean air an stèidheachadh air leth agus nam buidhnean carthannais fa leth. Ged a tha sinn a' feuchainn ri fuasgladh nas fheàrr fhaighinn, chuir Fèisean air dòigh poileasaidhean dhaibh fhèin le cosgaisean air am pàigheadh air ais le Fèisean nan Gàidheal.	
AC4	Ma cheadaicheas suidheachadh na maoine, taic-airgid a bharrachd air aontachadh nuair a bhios feum airson leasachaidhean ro-innleachdail, gu sònraichte ma bhios maoin a dhìth airson dèiligeadh ri cosgaisean a' sìor èirigh.		Ged nach robh maoin shònraichte ann airson 2024-25, chaidh tabhartasan luach £63,064 a thoirt do dh'Fhèisean ann an R4 leis gun robh sùbailteachd ann an iomhas na buidhne. Chan eil e a' buntainn gu sònraichte ri taic-airgid, ach a thaobh taic do na Fèisean, tha Fèisean nan Gàidheal na bhall de cho-bhanntachd de 12 bhuidheann Eòrpach a tha air faisg air €4m fhaighinn airson a dhol an sàs sa phròiseact AMPLIFY a bhios na bhuannachd do dh'Fhèisean agus a' tabhann cosnadh a bharrachd do dh'oidean an ceann ùine.	√ √ √ √ √ √
AC5	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron bhliadhna agus aig ar Co-labhairt san t-Sultain 2024.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean. Tha cothroman air-loidhne ann airson conaltradh le Fèisean mu chuspairean sònraichte, agus bha am fear mu dheireadh a' dèiligeadh ri clàradh agus riaghladh bhuidhnean carthannais. Chaidh Cruinneachadh Bliadhnail 2024 Fèisean nan Gàidheal a chumail air 27 agus 28 Sultain le raon de sheiseanan a' gabhail a-steach gnìomhan atharrachadh na gnàth-shìde, cleachdadh thasglannan didseatach airson Fèisean ionadail agus seiseanan air frithealadh air daoine òga le feumalachdan a bharrachd le fòcas sònraichte air òtasam. Tha an sgioba air a bhith ag obair tro ghnìomhan a chaidh a chomharrachadh às dèidh nam buidhnean còmhraidh aig Cruinneachadh 2024. Dh'obraich an sgioba gu dlùth leis na Fèisean uile ann an R4 airson am feumalachdan maoineachaidh airson 2025-26 a dhearbhadh.	√ √ √
AC6	Iasadan de ionnsramaidean an-asgaidh le dùil ri amannan trang nuair bhios na Fèisean a' ruith gu h-àbhaisteach.		Tha na Fèisean a' faotainn ionnsramaidean a rèir feum agus bidh iad air mhàl aig daoine fa leth aig amannan eile. Tha sinn a' ceannach/ag ùrachadh ionnsramaiden mar a cheadaichais suidheachadh an ionmhais. Chaidh aontachadh suas ris an dàrna leth de riadh a thèid a chosnadh bho airgead taisgte a chosg air seo. Chaidh tabhartasan do dh'ionnsramaidean a thoirt dhuinn anns a' chiad leth den bhliadhna.	√ √ √ √
AC7	Òigridh a thoirt a-steach air obair-samhraidh, buidheann-pròg ramaidh Bhlas agus Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.		Tha òigridh an sàs aig ìre a' Bhùird agus bha oileanach againn air greis-obrach samhraidh. Tha sinn an dùil barrachd òigridh a thrusadh fhad 's a bhios pròiseactan a' dol air adhart.	√ √ √ √

AC8	A' dealbhachadh ghoireasan ùra airson seirbheis *Oide* ron Dhùbhlachd 2024 ma cheadaicheas suidheachadh na maoine.		Chuir sinn cothrom tairgse a-mach airson leasanan ùra ann an R2 agus bha dùil againn co-dhiù trì sreathan a choimiseanadh. Ach, cha robh e comasach ach aonan a choimiseanadh. Chuir sinn tairgse a bharrachd a-mach ann an R3 agus fhuair sinn ceithir tagraidhean às an sin a tha sinn an dòchas leasanan ùra a choimiseanadh bho chuid aca-san.	√ √ √ √ √ √
AC9	Buidheann ùr de sheinneadairean a thrusadh don phròiseact Fuaran ron Ghearran 2025.		Chaidh £93,849 a ghealltainn bhon Mhaoin Dualchais (roimhe Maoin Dualchais a' Chrannchuir) gus taic a thoirt don phròiseact Fuaran thairis air dà bhliadhna, a' gabhail a-steach fastadh co-òrdanaiche pàirt-ùine. Chaidh sanas a sgaoileadh a' sireadh buidheann ùr de sheinneadairean is luchd-ciùil faisg air deireadh R4 agus thathar an dùil gun tèid an cothrom obrach a shanasachadh tràth ann an 2025-26.	√ √ √ √
AC10	Trèanadh do cho-dhiù 10 oidean ann an sgilean teagaisg rè 2024-25.		Ghabh 16 oidean pàirt ann an dà sheisean air sgilean teagaisg.	√ √ √ √
AC11	Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig do cho-dhiù 10 oidean rè 2024-25.		Chaidh clasaichean Gàidhlig air-loidhne a chur air dòigh ann an R1, air an stiùireadh le Ingrid NicEunraig, agus chlàraich 20 oide air an son. Chaidh sreath eile air adhart ann an R4 le 12 com-pàirtichean clàraichte air an son.	√ √ √ √
AC12	Co-dhiù 10 seiseanan trèanaidh do luchd-eagrachaidh nam Fèisean, a rèir feum, agus aig ar co-labhairt bhliadhnail san t-Sultain 2024.		Ghabh 119 eagraichean pàirt ann am 49 seiseanan trèanaidh gu deireadh R4.	√ √ √ √
AC13	Co-dhìu 2 latha-trèanaidh gu bhith ann do luchd-obrach ann an 2024-25 le feumalachdan fa leth air an comharrachadh tro mheasaidhean agus trèanadh freagarrach ga chur air dòigh.		Bha 18 seiseanan trèanaidh ann do luchd-obrach gu deireadh R4. Rinn luchd-obrach fa-leth trèanadh a chomharraich iad fhèin.	√ √ √ √ √
AC14	Obair leantainneach le òigridh airson a dhèanamh cinnteach gu bheil iad an sàs ann an co-dhùnaidhean a ruighinn.		Tro Fèisgoil chuir sinn bùithtean-obrach air dòigh, ann an co-obrachadh le e-Sgoil, gus beachdan agus ais-mholaidhean a chruinneachadh bho dhaoine òga a thaobh cur an gnìomh Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC). Bha 266 sgoilear an sàs ann an 28 seiseanan airson 4 sgoiltean anns na h-Eileanan Siar. Bidh sreath de bhuidhnean fòcais agus deuchainnean ann le daoine òga co-cheangailte ri AMPLIFY aon uair 's gu bheil am pròiseact air stèidh cheart.	√ √ √ √
AC15	Sgilean cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh òrain agus gan glèidheadh an cruth didseatach a thoirt do 8 a bhios an sàs ann am Fuaran.		Bidh seo mar phàirt den obair le buidheann ùr de sheinneadairean Fuaran ann an 2025-26.	√ √ √
AC16	Sgilean taisbeanaidh agus fiosrachadh mu ghnìomhachais a' chiùil ann airson timeachall air 10 an sàs ann am Fèis Alba.		Chaidh trèanadh a thoirt seachad còmhla mus do ghabh na Cèilidhean air Chuairt an rathad san luchar agus san Lùnastal.	√ √ √

AC17	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimisean ùr aig Blas agus ann an suidheachaidhean eile a rèr na bhios ann de mhaoin.		Air sgàth gainnead maoineachaidh cha robh coimisean ùr aig Blas 2024. Ach, bha a' chid èisteachd ann de cheòl ùr le sreath chuirmean a' gabhail a-steach 10 dàin Ghàidhlig ris an do chuir Màiri Callan ceòl. Chaidh seo a sruthadh aig Latha Dualchais na h-Alba a bha air an aon latha ri Latha Dualchais na h-Eòrpa.	√ √ √ √ √ √
AC18	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail, a leithid fèilltean obrach ann an sgoiltean is eile cho math ri cothroman a chruthachadh cothroman cosnaidh a stèidheachadh do luchd-ealain òg.		Ann an R2, thug sinn seachad stuthan airson latha dhreuchdan aig Àrd-sgoil Thobar Mhoire agus ghabh sinn pàirt ann am Fèill Obraichean ann an Dùn Èideann airson Bun-sgoil Taobh na Pàirce & Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig air 26 Sultain. Bha sinn an sàs ann an tachartas dhreuchdan Siuthad aig Eden Court. Tha Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an Urras Foghlaim Dhòmhnaill Iain MacAoidh agus chaidh cothrom a shansachd tagradh a dhèanamh airson duais de £750 airson a dhol an sàs ann am pròiseact a bhrosnaicheas foghlam Gàidhlig agus/no tionnsgalachd. B' i Ailsa Morgan a shoirbhch. Tha mòran dhaoine òga an sàs mar oidean ann an gnìomhan Fèisgoil, gu h-àraidh airson Blasad Gàidhlig, agus tha a' mhòr-chuid de na Fèisean air daoine òga fhastadh mar leas-oidean agus mar luchd-stiùiridh tron bhliadhna.	√ √ √ √ √
AC19	Obair margaideachd tron bhliadhna air seirbheisean Fèisgoil na buidhne aig a leithid Fèill Ionnsachaidh na h-Alba, ma bhios sin iomchaidh.		Tha Fèisgoil fhathast ga margaidheachd ann an iomadach dòigh agus thèid seo air adhart agus sinn a' feuchainn ri obair ùr a tharraing chun na seirbheis. Chuir sinn tagradh a-steach airson cùmhnant bho Bhòrd na Gàidhlig, agus fhuair sinn e, gus trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig a lìbhrigeadh do dh'oifigearan na Gàidhlig agus oifigearan ann am buidhnean poblach le uallach airson na Gàidhlig. Tha iad cuideachd a' toirt cothrom dhuinn innse mun obair againn.	√ √ √ √ √
AC20	A' lìbhrigeadh 8 seiseanan ann an ceòl traidiseanta ann an 166 sgoiltean air a' Ghàidhealtachd tron Iomairt Chiùil Òigridh a rèir cùmhnant le High Life na Gàidhealtachd.		Tha sinn a' cumail romhainn clasaichean ICO a lìbhrigeadh ann an sgoiltean na Gàidhealtachd sa bhliadhna-sgoile 2024-25 tro chùmhnant le High Life Highland. Tha sinn air a bhith a' lìbhrigeadh seinn Ghàidhlig ann an Uibhist is Barraigh do Chomhairle nan Eilean Siar rè R1 le 200 seisean airson 310 sgoilear ann an 4 sgoiltean. Chaidh iarraidh oirnn leantainn air adhart leis an obair seo agus, ann an teirm 3, lìbhrig 4 oidean 227 seiseanan ann an 6 sgoiltean do 422 sgoilear. Ghabh 36 sgoilearean ann am Bun-sgoil Ulapuil pàirt ann an 8 seiseanan airson a' phròiseact Cliabh.	√ √ √ √ √

AC21	Obair a ghabhail os làimh ann an sgoiltean ag ullachadh òigridh airson com-pàirt ann am farpaisean seinn is ciùil aig Mòd an Òbain 2024 a' co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealaich.		Thòisich an obair seo ann an R1, le sgoilearan a' gabhail pàirt ann an 384 seiseanean ann an 17 sgoiltean. Chan eil na figearan seo a' gabhail a-steach sgoiltean an Òbain far a bheil suidheachadh eadar-dhealaichte ann. Leis nach do nochd ùidh bho ghrunn sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid, neo gun do tharraing iad air ais bhon phròg ram, fhuair sinn cead bho Bhòrd na Gàidhlig a dhol gu sgoiltean eile agus dh'obraich sinn le Bun-sgoil Goodlyburn, Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus Bun-sgoil an Iar. Tha obair air tòiseachadh a-nis air Acadamaidh a' Mhòid 2025 le dùil ri 297 seiseanan ann an 18 sgoiltean anns am bi 493 sgoilearean ag ullachadh airson a' Mhòid Nàiseanta ann an Loch Abar.	√ √ √ √ √
AC22	*Bheairteis* agus/no Dìleab air an lìbhrigeadh tro phròg ram sònraichte ann an sgoiltean agus, 's dòcha, le e-Sgoil agus Comhairle nan Eilean Siar.		Chuir luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air dòigh seiseanan 'thig is feuch' aig a' Chruinneachadh ann an Inbhir Nis agus Fèis Belladrum. Thòisich pròiseact Beairteas, *Fighe le Faclan*, sa Mhàrt agus mairidh e gu deireadh seisean na sgoile. Bidh tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn an dèidh dhaibh crìochnachadh.	√ √ √ √ √
AC23	An tachartas còmhnaidheach 5 latha a chumail sa Ghiblean le timcheall air 15 com-pàirtichean an sàs.		Chaidh tachartas soirbheachail 5 Latha a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2024 le 16 com-pàirtichean. Chaidh 5 Latha 2025 a shanasachd ann an R4 agus lìon e gu sgiobalta le 18 com-pàirtiche clàraichte airson an tachartais sa Ghiblean.	√ √ √ √ √
AC24	Sgoil-shamhraidh Dràma a chumail fad seachdain san Iuchar le timcheall air 12 com-pàirtiche an sàs.		Chaidh an Sgoil-shamhraidh Dràma a chumail ann am Port Rìgh tràth san Iuchar le 18 luchd-labhairt na Gàidhlig aig aois àrd-sgoile a' gabhail pàirt fo stiùir Mhàiri Mhoireasdan le taic bho Fhearghas Rothach, Kit Rodman-Orr agus Aonghas MacLeòid.	√ √ √ √ √
AC25	Co-dhiù aon chùmhnant ùr aontachadh airson Fèisgoil agus, ma bhios maoin ann, leantainn air obair cuide ri co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail agus Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iarradh oirnn.		Chuir sinn crìoch air a' phàirt mu dheireadh de *Tabhaich*, obair Ghàidhlig ann an Tiriodh, Colla is Bòd, le bùiththean-obrach air an stiùireadh leis an Ollamh Dòmhnall Meek. Chaidh 24 seisean Blasad Gàidhlig a thabhann do 93 sgoilear ann an 2 sgoil ann an Siorrachd Àir a Deas rè R1. Tha obair Ghàidhlig ann an sgoiltean leis a' cho-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail a' leantainn ann an seisean sgoile 2024-25 ged a bha dàil ann Maoineachadh a dhearbhadh. Gu ruige seo chaidh 1,098 seiseanan a lìbhrigeadh ann 26 sgoiltean do 2,473 sgoilear, le 15 oidean air am fastadh. Ann an co-obrachadh le Comhairle nan Eilean Siar, thug sinn cùmhnant do 18 luchd-teagaisg gus 299 seiseanan a	√ √ √ √ √

			lìbhrigeadh ann an 15 sgoiltean sna h-Eileanan Siar airson pròiseact *Dìleab* 2024 anns an robh 423 sgoilear an sàs. Chuir sinn seisean seinn air dòigh son Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh le Taigh-sgoile na Drochaide ann am Màbu. Chaidh trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig a leasachadh airson HIE agus a lìbhrigeadh le 4 luchd-taisbeanaidh thairis air 9 seiseanan do 62 ball den luchd-obrach. Chaidh seisean eile a lìbhrigeadh do HIAL agus, mar a chaidh a mhìneachadh ann an AC19, ghabh 43 oifigear pàirt ann an 3 seiseanan a chaidh a lìbhrigeadh ann an R4 do Bhòrd na Gàidhlig, le barrachd ri thighinn tràth ann an 2025-26. Chuir Fèisgoil obair air dòigh aig àm Seachdain na Gàidhlig a chaidh a lìbhrigeadh do chòrr is 40 clas ann an sgoiltean airson timcheall air 1,020 sgoilear.	
AC26	Co-dhiù 90 bùithtean-obrach no taisbeanaidhean dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean rè 2024-25.		Gu ruige seo, chaidh 106 seiseanan dràma a lìbhrigeadh. Chaidh bùth-obrach dràma eadar-obrachail air adhart do sgoilearan P5-P7 a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Chaidh 'O mo chlach!' stèidhichte air sgeulachd Clach Sgàin a lìbhrigeadh do 220 sgoilear ann an 8 sgoiltean ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid agus 2 sgoil air a' Ghàidhealtachd eadar 9mh agus 13mh an t-Sultain. An dèidh dhuinn dà chleasaiche le Gàidhlig fhastadh airson a' chuairt a lìbhrigeadh, chaidh 'Cà deach a' Chlach?' còmhla ri Claire Frances MacNèill agus Fearghas Rothach air turas amhair 15 lìthean timcheall 28 sgoiltean a' cluich do 636 sgoilearean. Chaidh bùithtean-obrach dràma Gàidhlig a lìbhrigeadh cuideachd ann an Àrd-sgoiltean Ulapuil agus Phort Rìgh. Bha 26 sgoilearean à Àrd-sgoil Greenfaulds air chuairt dhan Eilean Sgitheanach agus ghabh iadsan pàirt annta. Bha dealbh-chluich na Nollaige, "Seocan agus am bogsa-ciùil", a thaisbeanadh ann an 20 sgoil gu 1,487 sgoilear uile gu lèir Bha taisbeanadh poblach ann cuideachd ann an Cultarlann Inbhir Nis, a chaidh fhilmeadh. Chaidh an clàradh a thabhann do sgoiltean air nach b' urrainn dhuinn tadhal agus chaidh a shruthadh air Facebook ron Nollaig.	√ √ √ √ √
AC27	Co-dhiù aon mheanbh-fhèis a chur air dòigh ann an àrd-sgoil rè 2024-25 as bhios iarrtas ann.		Cha robh cothrom ann seo a thoirt air adhart gu deireadh R4.	√ √ √ √ √
AC28	Cothroman a chruthachadh airson sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tron Sgoil-shamhraidh Dràma.		Fhuair com-pàirtichean eòlas air measgachadh farsaing de sgilean cleasachd agus cothroman na sgilean cruthachail aca a	√ √ √ √ √

			leasachadh, a' gabhail a-steach sgrìobhadh airson trì filmichean goirid. Thug Fèisean nan Gàidheal taic don roinn Cluiche as Fheàrr fo aois 18 aig duaisean FilmG sa Ghearran.	
AC29	Taic bhon sgioba de dh'Oifigearan Leasachaidh agus càch le cleachdadh na Gàidhlig.		Bidh ar sgioba a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus cruthachadh stuthan dà-chànanach airson margaideachd. Tha cunnraidhean nar litrichean-tairgse a' dèanamh cinnteach à cleachdadh na Gàidhlig, mar a tha air iarraidh nar Poileasaidh Gàidhlig.	√ √ √ √ √
AC30	Taic a chumail ri timcheall air 30 cuirmean/cèilidhean aig Fèisean ionadail.		Chaidh taic a thoirt do 44 cuirmean Fèise gu deireadh R4. Nam measg bha Cèilidhean oidean agus cuirmean deireadh nam Fèisean.	√ √ √ √ √
AC31	Taic do 3 Cèilidhean air Chuairt le timcheall air 50 tachartas eatorra san luchar agus san Lùnastal.		Chaidh taic a chumail ri dà bhuidheann Cèilidh air Chuairt – à Loch Abar agus à Earra-Ghàidheal – agus bha Còmhlan Cèilidh a' Chàirn Ghuirm aig Fèis Spè air chuairt san sgìre ionadail aca fhèin cuideachd. Chluich iad aig 40 tachartas eatorra.	√ √ √ √ √ √
AC32	Timcheall air 24 tachartasan a chur air adhart aig Blas 2024, a rèir na bhios ann de thaic bho ùghdarrasan ionadail.		Chaidh an 20mh Fèis Blas a lìbhrigeadh eadar 6 agus 14 Sultain le Fèisean nan Gàidheal airson Comhairle na Gàidhealtachd. Anns a' phròram bha taghadh de 25 cèilidhean is cuirmean a bharrachd air 5 tachartasan air-loidhne agus pròram ciùil is dràma ann an sgoiltean na Gàidhealtachd. Chaidh mòran den phròram a lìbhrigeadh tro cho-obrachadh le luchd-adhartachaidh ionadail a chuir tachartasan air dòigh nan coimhearsnachdan fhèin. A bharrachd air taic-airgid bho Chomhairle na Gàidhealtachd, bha e comasach do dh'Fhèisean nan Gàidheal cur ri buidseat na fèise le airgead bho Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig. Bha maoineachadh a bharrachd ann bho Chomhairle nan Eilean Siar a leig leinn co-là-breith cudromach a chomharrachadh don t-seinneadair Hearach, Criosaidh Nic a' Phiocair, agus subhachas a dhèanamh ri 40 bliadhna den bhuidheann leasachaidh Comunn na Gàidhlig. Chaidh cèilidh Chriosaidh Mhic a' Phiocair a chraobh-sgaoileadh le BBC Radio nan Gàidheal tro shaor-làithean na Nollaige.	√ √ √ √ √ √
AC33	Bidh pròiseact maoinichte le Colmcille, le buidheann ann an Èirinn, a' dol air adhart ron Mhàrt 2025.		San Iuchar 2024, thug am pròiseact seo cothrom do dhusan òganach à Alba is Èirinn a thighinn còmhla, a dh'ionnsachadh agus a dh'fheòrachadh mun chultar Ghàidhealach cho-roinnte aca, le bhith a' roinn phort, sgeulachdan, dannsa agus cànan fhad 's a bha iad air am bogadh ann an coimhearsnachdan Gàidhealach.	√ √ √ √ √ √

			Chòrd deireadh-seachdain còmhnaidh ris na com-pàirtichean aig Na Gearrannan ann an Leòdhas agus chluich iad ann an Cèilidh Teaghlaich ann an Grinneabhat. Eadar 14 agus 17 Gearran 2025, chuir 6 daoine òga à Gaoth Dobhair agus 6 bho air feadh Alba ùine seachad aig Na Gearrannan ann an Leòdhas, far an do dh'ionnsaich iad fuinn is òrain bhon traidiseanan fa leth aca, agus chluich iad aig cèilidh air tè de na h-oidhcheannan far an do theagaisg na com-pàirtichean Albannach dannsa cèilidh agus far an deach eòlas a chur air beagan dannsa ceum agus dannsa Gàidhealach cuideachd.	
AC34	A' leantainn sanasachd fhosgailte, bidh coimisean ga thoirt seachad le trì taisbeanaidhean aig Blas.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	√ √ √ √ √ √
AC35	Bidh obair leantainneach a' dol air adhart a' cruinneachadh agus a' glèidheadh fiosrachaidh mu luchd-amharc a leigeadh leinn barrachd thachartasan a shanasachd dhaibh.		Tha an obair seo a' leantainn agus bidh ar margaideachd ag amas air daoine leis an robh ceangal againn roimhe. Tha sinn air foirm a leasachadh a thèid a chleachdadh airson nan tachartasan gu lèir againn gus fianais a shireadh a tha a dhìth air luchd-maoineachaidh agus ais-mholaidhean fhaotainn mu thachartasan bho chom-pàirtichean.	√ √ √ √ √ √
AC36	Bidh fiosrachadh ga chur don làrach-lìn againn gu cunbhalach airson a dhèanamh cinnteach gun nochd e air app na buidhne.		'S i obair leantainneach a tha seo agus chaidh mìosachan ùr a chur ris ar làrach-lìn an-uiridh. Ach, tha e soilleir bho chòmhraidhean aig a' Chruinneachadh san t-Sultain nach eil an app againn ag obair don a h-uile agus gum faodadh a leasachadh gus barrachd susbaint a thabhann. Chaidh iarraidh cuideachd gum biodh leasachaidhean ann air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.	√ √
AC37	Bidh cuid de thachartasan bho Bhlas agus eile air an sruthadh beò agus, ma cheadaicheas maoin dhuinn, bidh tuilleadh leasanan air an cruthachadh don ghoireas *Oide*.		Chaidh sia tachartasan a chraoladh beò aig Blas, no goirid an dèidh na fèise, san t-Sultain. Chaidh dà shruth eile a thabhann, nam measg seata bho chuirm-chiùil gu sònraichte do luchd-còmhnaidh thaighean-cùraim, ann an co-obrachadh le Live Music NOW, agus an dealbh-chluich Nollaige. Faicibh AC8 gu h-àrd airson Oide.	√ √ √ √ √ √
AC38	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail le trì cuairtean den sgeama Tasgadh ann an 2024-25.		Chaidh aontachadh ri tabhartasan bhon chiad chuairt aig Tasgadh san Iuchar 2024. B' e an dàrna ceann-latha airson iarrtasan 25 Dàmhair 2024 agus b' e 31 Faoilleach 2025 ceann-latha na cuairte mu dheireadh. Tha fiosrachadh mu na tagraichean soirbheachail air fhoillseachadh air an làrach-lìn againn.	√ √ √ √ √ √
AC39	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig le dà chuairt den sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig ann an 2024-25.		Bha tabhartasan air aontachadh tron chiad chuairt de Mhaoin nan Ealan Gàidhlig anns an Iuchar 2024. Bha ceann-latha eile airson tagraidhean ann air 15mh Samhain.	√ √ √ √ √ √

			Tha fiosrachadh mu na tagraichean soirbheachail air fhoillseachadh air an làrach-lìn againn.	
AC40	Bidh 4 coinneamhan den Bhòrd ann – sa Chèitean, san t-Sultain, san Dùbhlachd 2024 agus sa Mhàrt 2025, le cuireadh do riochdairean bho bhuidhnean-maoineachaidh agus pàipearan uile air am foillseachadh air loidhne.		Bha a' chiad choinneamh den Bhòrd ann air 24mh Cèitean leis na pàipearan air am foillseachadh seachdain ro làimh. Chaidh cuireadh a thoirt do bhuidhnean-maoineachaidh a bhith an làthair. Chaidh an dàrna coinneamh againn a chumail aghaidh ri aghaidh ann an Inbhir Nis air 27 Sultain. Bha an treas coinneamh againn air-loidhne air 6 Dùbhlachd 2024 agus chaidh a' choinneamh mu dheireadh againn de 2024-25 a chumail air-loidhne air 14 Màrt 2025.	√ √ √ √ √ √
AC41	Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal 2024-28 fhoillseachadh aon uair 's gu bheil e crìochnaichte.		Chaidh aonta a thoirt don Phlana Prògraim againn sa Chèitean agus chaidh seo fhoillseachadh air loidhne.	√ √ √ √
AC42	Aithisg air adhartas a chur don luchd-maoineachaidh air fad gach ràith.		Bidh aithisgean gan sgaoileadh gach ràith don luchd-maoineachaidh le aithisgean a bharrachd mar a bhios a dhìth.	√ √ √ √
AC43	Aithisg a thoirt don Bhòrd aig gach coinneamh air mar a tha aontaidhean maoineachaidh gan cur an gnìomh.		Bidh pàipear ann mu aontaidhean maoineachaidh aig gach coinneamh den Bhòrd-stiùiridh a' mìneachadh na h-ìre aig a bheil cùisean leotha.	√ √ √ √ √
AC44	Sùil a chumail air cunnartan gu cunbhalach agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024.		Bidh an sgioba obrach air fad a' measadh agus a' làimhseachadh chunnartan gu cunbhalach nan obraichean làitheil. Fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail air mar a tha na prìomh chunnartan air an làimhseachadh agus air an lùghdachadh aig a' choinnemh aca sa Chèitean.	√ √ √ √ √
AC45	Obair leantainneach a chumail a' dol le Creative Carbon Scotland airson na tha sinn a' cosg de ghualain a lùghdachadh tron phròram air fad.		Tha beachdachadh air cleachdadh gualain a' dol air adhart gu cunbhalach nar n-obair. A bharrachd air na bhios againn ri cruinneachadh do CCS, tha sinn air Plana Freagarrachaidh a dheasachadh a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd san Dùbhlachd 2024.	√ √ √ √ √
AC46	Plana ùr Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII) a dhealbhadh agus aithisg bhliadhnail air adhartas a thoirt don Bhòrd sa Chèitean 2024.		Chaidh Plana CII airson 2024-25 aontachadh leis a' Bhòrd-stiùiridh aig a' choinnemh aca sa Chèitean nuair a ghabh iad, cuideachd, ri aithisg air soirbheacheas Plana CII 2023-24 a chur an gnìomh.	√ √ √ √
AC47	A' dèanamh cinnteach gun tèid prionnsabalan Obair Chothromach an Toiseach a leantainn agus gum faigh luchd-obrach àradachaidhean pàighaidh cothromach a rèir na bhios air aontachadh do na h-ùghdarrasan ionadail.		Tha Fèisean nan Gàidheal gu tur dealasach a thaobh Obair Chothromach an Toiseach le adhartas mòr air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Chaidh ri toradh nan còmhraidhean eadar Unison agus COSLA fhoillseachadh agus chaidh àrdachadh pàighidh a chur an sàs do luchd-obrach san Dùbhlachd.	√ √ √ √ √
AC48	A' dèanamh cinnteach gum faigh cunnradairean is luchd-obrach neo-cheangailte pàigheadh cothromach a rèir ìrean gan stèidheachadh gu nàiseanta le aonaidhean buntainneach.		Bidh gach cunnradair air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' faotainn pàigheadh a rèir ìrean nan aonaidhean buntainneach.	√ √ √ √ √

					Tha cunnradh co-cheangailte ri tabhartasan gum bu chòir do na Fèisean a bhith ag obair a dh'ionnsaidh nan ìrean sin a phàigheadh cuideachd. Tha stiùireadh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig a' mìneachadh gu bheil e deatamach luchd-ealain a phàigheadh aig ìrean stèidhichte leis na h-aonaidhan.								
AC49	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach cothroman trèanaidh an deìdh dhaibh feumalachdan a chomharrachadh tro mheasaidhean.				Tha trèanadh ri fhaotainn don luchd-obrach mar a bhios feum air agus, cho fad 's as urrainn, a rèir feumalachdan a comharraich iad tro mheasaidhean.						√	√	√	√	√
AC50	A' dèanamh cinnteach gum faigh OSCR agus Taigh nan Companaidhean fiosrachadh bliadhnail ann an àm.				Bidh seo a' tachairt gu cunbhalach gun duilgheadas sam bith san àm a dh'fhalbh.						√	√			
AC51	Aithisg Bhliadhnail fhoillseachadh san t-Sultain 2024 le iomradh air prìomh thachartasan, àireamhan com-pàirteachaidh agus fiosrachadh ionmhasail airson 2023-24.				Chaidh Aithisg Bhliadhnail 2024 fhoillseachadh san t-Sultain aig àm Cruinneachaidh Bliadhnail na buidhne agus chaidh ceangal rithe a chur do na buidhnean maoineachaidh air fad againn agus nas fharsainge.						√	√	√	√	√	√
Fiosrachadh Àireamheil													
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	94	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£1,205,081	Meudachadh san toradh ionmhasail	£157,266	Luchd Saor-thoileach an sàs	402						
Tabhartasan do dh'Fèisean	£247,963	Tabhartasan Eile	£108,520	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	5,134	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	9,804						
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	3,980	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	3,597 (79,487)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	190	Obair Eadar-nàiseanta	6						
Builean Bhòrd na Gàidhlig											**Ìre**		
Taic ann do na Fèisean airson an obair aca a leasachadh is a dhìon is barrachd aithne a thoirt air a' Ghàidhlig tromhpa													
BnG1.1.1	Taic ga chumail ri 46 Fèisean ionadail sa bhliadhna is Gàidhlig ga brosnachadh an lùib obair nam Fèisean, a rèir maoineachadh freagarrach ri fhaighinn bho Alba Chruthachail.				Faicibh See AC1-7, AC 10-14, AC 29-31, AC 33, AC 36, AC S40-51 gu h-àrd a tha a' mìneachadh taic do na Fèisean.								
BnG1.1.2	Adhartas bliadhna-air-bliadhna air a shealltainn air an uimhir de Ghàidhlig air a chleachdadh anns na Fèisean.				Faicibh AC29 gu h-àrd. Tha sgioba Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig cho mòr 's as urrainn aig Fèisean ionadail.								
BnG1.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean anns na Fèisean gu bheil obair nam Fèisean air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice no ga h-ionnsachadh.				Thuirt 90% gun d'fhuair iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh le oidean. Thuirt 80% gun d' fhuair iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh le com-pàirtichean eile.								
Misneachd air a togail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig le tuilleadh chothroman gan toirt seachad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta													
BnG1.2.1	30 tachartas air an cumail le Fèisean ionadail sa bhliadhna a tha a' cur na Gàidhlig air adhart.				Faicibh AC30 gu h-àrd. Bha 44 tachartasan den leithid aig Fèisean am-bliadhna, a' cumail tachartasan eadar 2 agus 5 latha de dh'fhaid. Bidh iad uile a' cur thachartasan air dòigh far am bi a' Ghàidhlig ga								

			cleachdadh leis an òigridh agus far a bheil a' Ghàidhlig follaiseach ann an sanasachd is eile. A thuilleadh air sin tha pròraman farsaing de chlasaichean leantainneach is bùithtean-obrach a' tachairt gach seachdain ann an coimhearsnachdan air feadh na dùthcha. Tha dràma is seinn sa Ghàidhlig na phàirt mhòr de na tha na Fèisean a' tabhann, 's tha an cànan agus a cultar aig cridhe nan ealan seo. Bidh a' mhòr-chuid aca a' cur co-dhiù aon chuirm air dòigh don phoball, mar eisimpleir cèilidh aig dereadh na Fèise, far a bheil a' Ghàdhlig ga cleachdadh le luchd-lìbhrigidh agus anns a' cheòl.	
BnG1.2.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dhaoine a tha a' frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean.		Air a' bhliadhna a dh'fhalbh bha àrdachadh de 32% san àireimh de dhaoine a bha frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean.	
BnG1.2.3	Fianais bho luchd-frithealaidh tachartasan nam Fèisean gu bheil iad nas misneachaile a thaobh na Gàidhlig agus a' gabhail chothroman a cleachdadh.		Thuirt 90% gun d'fhuair iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh le oidean. Thuirt 80% gun d' fhuair iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh le com-pàirtichean eile.	
A' toirt seachad trèanadh do dh'oidean nam Fèisean gus a bheil iad nas comasaiche is gu bheil na Fèisean a' toirt seachad ìre àrd de thrèanadh				
BnG2.1.1	Pròram trèanaidh bliadhnail air a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach trèanadh Gàidhlig, le co-dhiù 12 seisean air an lìbhrigeadh.		Faicibh AC11 gu h-àrd airson fios mu sheiseanan gu ruige seo.	
BnG2.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dh'oidean a th' air taic trèanadh Gàidhlig fhaighinn.		Chum sinn sreath de sheiseanan air-loidhne airson oidean air dòigh am-bliadhna. Ghabh 32 pàirt annta am bliadhna, suas bho 31 an-uiridh.	
BnG2.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean san trèanadh Ghàidhlig gu bheil e air piseach a thoirt air na sgilean cànain aca.		Chaidh aithris mhionaideach air seo a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann an aithisg adhartais air leth.	
Cothroman gan toirt do dh'òigridh airson sgilean cainnt is misneachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh tro thachartasan-còmhnaidh is eadar-ghinealaich				
BnG2.2.1	Tachartasan Sgoil-samhraidh Dràma is 5 Latha air an cumail le àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna, ma bhios a leithid comasach anns na h- àitichean far am bi na tachartasan a' dol air adhart.		Chaidh 5 Latha air leth soirbheachail a chumail sa Ghiblean 2024 le 16 com-pàirtichean an sàs. Faicibh AC24 gu h-àrd airson fios mun Sgoil-shamhraidh Dràma.	
BnG2.2.2	Sgeama Beairteas air a ruith is àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.2.3	Fianais bho chom-pàirtichean ann an tachartasan còmhnaidh agus Beairteas gu bheil iad seo air cur ris na sgilean cainnt aca is am misneachd gus Gàidhlig a chleachdadh.		Chaidh aithris mhionaideach air seo a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann an aithisg adhartais air leth.	
Goireasan ciùil is teagaisg gan cur air-loidhne gus a bheil iad nas ruigsinniche is cothrom aig barrachd dhaoine feum a dhèanamh orra				
BnG2.3.1	Pròram de chruinneachadh is didseatachadh òrain Ghàidhlig air a ruith is clàraidhean ri fhaighinn dhan phobaill, ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùs eile.		Faicibh AC9 gu h-àrd.	

BnG2.3.2	Sanasachd agus obair sgaoilidh ga dhèanamh airson na h-òrain a thoirt do dh'àireamhan nas motha de luchd- èisteachd.		Chaidh cruinneachaidhean Fuaran a bh' ann roimhe a chur air adhart gu farsaing air na meadhanan sòisealta agus bha na clàraidhean air an toirt cuideachd do BhBC Radio nan Gàidheal a bhios gan cluich gu cunbhalach. Leanaidh sinn oirnn a' sgaoileadh nan òran sin agus na h-òrain air an clàradh às ùr aig a h-uile cothrom.	
BnG2.3.4	Fianais bho chom-pàirtichean gu bheil Fuaran, is pròiseactan eile, a' cur ris an eòlas a th' aca air òrain Ghàidhlig agus am misneachadh a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice.		Thèid seo a rannsachadh fhad 's a bhios am pròiseact a' dol air adhart.	
BnG2.4.1	Gu bheil ceanglaichean gan togail le Tobar an Dualchais, agus daoine is buidhnean iomchaidh eile san raon seo, tro phròiseact cruinneachaidh is didseatachaidh òrain Ghàidhlig.		Bha sinn an sàs ann an còmhraidhean le Tobar an Dualchais mu ath-stèidheachadh làrach-lìn Bliadhna nan Òran. Rinn Flòraidh Forrest bho Thobar an Dualchais taisbeanadh aig a' Chruinneachadh Bliadhnail againn gus sealltainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean luach an tasglainn agus mar a ghabhadh feum nas fheàrr a dhèanamh dheth leis na Fèisean ma tha iad airson stuthan a lorg a tha a' buntainn ris na sgìrean aca fhèin. Tha sinn làn dùil gum bi seinneadairean Gàidhlig sa phròiseact Fuaran airson Tobar an Dualchais a chleachdadh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Tha Tobar an Dualchais an sàs ann am *Fighe le Faclan*.	
Luchd-ionnsachaidh is daoine gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh tro Fhèisgoil				
BnG3.1.1	Pròram Fèisgoil air a lìbhrigeadh le 100 seisean/bùithtean-obrach dràma, 150 seisean Blasad Gàidhlig (no barrachd ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùsan eile) agus 20 seisean tràth-bhliadhnaichean (Hùb-Hab no eile)		Faicibh AC19-28 gu h-àrd. Chaidh 20 seisean Hùb-Hàb a lìbhrigeadh le Kit Rodman-Orr sa Chèitean, airson 457 pàistean ann am buidhnean tràth-bhliadhnaichean. Tha sinn an dùil na targaidean a chaidh romhainn airson 2024-25 a choileanadh gu tur.	
BnG3.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho phròiseactan Fèisgoil.		A bharrachd air cuid a tha an sàs ann an ICO, tha Gàidhlig aig na h-oidean uile a tha an sàs ann an lìbhrigeadh obair Fèisgoil. An uiridh fhuair 16,848 buannachd tro phròiseactan Fèisgoil. Le nas lugha de dh'airgead, agus pròiseactan eadar-dhealaichte ann am pròram na seirbheis, 's e 13,401 a fhuair buannachd am-bliadhna gu deireadh R4, ach cha bhi obair Fèisgoil a' crìochnachadh gu deireadh bliadhna na sgoile.	
BnG3.1.3	Fianais gu bheil tachartasan Fèisgoil a' cur ris an ùidh am measg sgoilearan, agus an tidsearan, gus Gàidhlig a chleachdadh no ionnsachadh.		Chaidh aithris mhionaideach air seo a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann an aithisg adhartais air leth.	
Cothroman a bharrachd ri fhaighinn do luchd-ealain le Gàidhlig a bhith a' faighinn cosnadh is a' leudachadh nan sgilean aca				
BnG3.2.1	Oidean Gàidhlig a' faighinn chothroman seiseanan Fèisgoil a lìbhrigeadh is faighinn buannachd bho thrèanadh is cothroman leasachadh proifeasanta eile.		Bidh grunn chothroman trèanaidh rim faotainn do luchd-teagaisg Fèisgoil tron bhliadhna co-cheangailte ri pròraman fa-leth agus goireasan ullachadh air an son.	

BnG3.2.2	Ma bhios meudachadh san obair seo, àrdachadh bliadhna-air-bliadhna air anàireamh de dh'oidean le Gàidhlig an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh sheiseanan às leth Feisgoil.		Faicibh BnG3.1.2 gu h-àrd.	
BnG3.2.3	Fianais bho oidean Fèisgoil gu bheil an obair air a bhith na tlachd dhaibh is iad air cothroman a bharrachd fhaighinn gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.		Tha fianais neo-fhoirmeil bho chòmhraidhean a' dearbhadh gu bheil iad a' faighinn tlachd as an obair agus gu bheil an cuid misneachd a' fàs mar as fhaide a tha iad ann an sgoiltean. Tha sinn ag aithneachadh, ge-tà, gu bheil barrachd obrach a dhìth fianais iomchaidh a thional co-cheangailte ris an raon-obrach seo.	
Cothroman a bharrachd ann do luchd-ealain a bhith a' cur phròiseactan air dòigh is luchd-èisteachd a ruigsinn gus Gàidhlig a chur air adhart				
BnG4.1.1	Sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith dà thuras sa bhliadhna ann an co-bhonn le Alba Chruthachail mar chothrom fosgailte do bhuidhnean is daoine cur a-steach airson Maoineachadh.		Faicibh AC39 gu h-àrd. Fhuaireadh 33 tagraidhean sa chiad chuairt airson 2024-25 a' sireadh £170,735 mu choinneamh phròiseactan luach £602,914. Chaidh £39,464 a thabhann. Bha 34 iarrtasan san dàrna cuairt a' sireadh taic de £204,281 mu choinneamh phròiseactan luach £331,849 uile gu lèir. Chaidh £35,536 a thabhann.	
BnG4.4.1	Gu bheil riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air pannal-measaidh iarrtasan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Steven Kellow air àite Brian Ó hEadhra a ghabhail mar bhall den phanail.	
BnG4.1.2	A rèir nam pròiseactan a gheibh taic, ag amas air adhartas bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh dhaoine/luchd-èisteachd a bhios a' faighinn buannachd bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha iarrtas airson Maoin nan Ealan Gàidhlig air a dhol suas gu mòr air a' bhliadhna a dh'fhalbh agus tha sinn an dùil, mar sin, gun tig àrdachadh air na tha a' buannachadh tro na pròiseactean a tha air am maoineachadh, cho math ri buaidh airgead a bharrachd bho Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG4.4.3	Fios air ais bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig a' sealltainn gu bheil iad air daoine a bhrosnachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no a' Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh.		Tha seo follaiseach anns an stiùireadh le prìomhachas ga thoirt do dh'obair air a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig agus, mar sin, tha sinn an dùil gun gabhadh seo a dhearbhadh aon uair 's gu bheil fiosrachadh air ais againn bho thagraichean a shoirbhich ann an 2024-25.	
A' neartachadh turasachd chultarach Ghàidhlig is meas a' phobaill air na h-ealainean traidiseanta tro thachartasan fìrinneach tron Fhèis Blas				
BnG4.2.1	Ma bhios maoin iomchaidh ann, Fèis Blas air a cumail ann an co-bhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd is buidhnean com-pàirt eile le co-dhiù 25 tachartasan.		Faicibh AC32 gu h-àrd. A dh'aindeoin buaidh airgead gun àrdachadh, tro obair com-pàirteachais lìbhrig sinn raon farsaing de thachartasan beò agus air-loidhne.	
BnG4.2.2	Fàs bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh luchd-ealain is luchd-èisteachd a tha an sàs no a' frithealadh tachartasan Fèis Blas, a rèir na h-àireimh de thachartasan agus cho fad 's a chumas taic-airgid suas ris na cosgaisean a bhios na lùib.		Ged a bha sinn an dùil ri luchd-èisteachd nas lugha airson Blas, leis gun robh na bu lugha de thachartasan ann, bha 55,922 an tro mheasgachadh de thachartasan beò agus, gu sònraichte, air-loidhne.	
BnG4.2.3	Ìre àrd de riarachas air a sealltainn bho luchd-èisteachd tachartasan Fèis Blas a thaobh tlachd bho na tachartasan is cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Bithear a' cruinneachadh fianais gu cunbhalach tro mheasaidhean agus bha an ìre riarachais aig 94% a rèir ais-mholaidhean a nochd tron cheisteachan a thaobh cho math	

			sa chòrd an fhèis ris an luchd-frithealaidh, luach an airgid agus cleachdadh na Gàidhlig.	
Ag obair gu h-eadar-nàiseanta airson aithne a thoirt air cultar na Gàidhlig is ceanglaichean a thogail le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail				
BnG4.3.1	A' sruthadh 5 tachartasan beò tro FèisTV (barrachd ma bhios maoin ga ceadachadh) is cur ri clàraidhean de thachartasan a tha ri fhaighinn air-loidhne uair sam bith.		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
BnG4.3.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna ann an àireamhan luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV air no a tha an sàs ann am pròiseactan eile aig Fèisean nan Gàidheal.		Tro shruthaidhean Blas, Latha Ceòl Dùthchasach na h-Eòrpa is Alba agus a' Phanto bha còrr is 79,487 luchd-amhairc againn.	
BnG4.3.3	Fianais bho luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV no com-pàirtichean ann am pròiseactan le dàimh eadar-nàiseanta gu bheil iad air barrachd tuigse a thogail air a' Ghàidhlig.		Chaidh aithris nas mionaidiche air seo a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann an aithisg adhartais air leth.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri deagh mhodhan riaghlaidh				
BnG5.1.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' foillseachadh aithisg bhliadhnail is cunntasan bliadhnail.		Faicibh AC51 gu h-ard.	
BnG5.1.2	Gu bheil tilleachdan air a chur a-steach do OSCR is Taigh nan Companaidhean ann an deagh àm mar a tha a dhìth.		Faicibh AC50 gu h-ard.	
BnG5.1.3	Gu bheil coinneamhan cunbhalach ann de bhòrd na buidhne.		Faicibh AC40 gu h-ard.	
BnG5.1.4	Gu bheil poileasaidhean corporra iomchaidh aig a' bhuidhinn agus gu bheilear gan ath-ùrachadh bho àm gu àm.		Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach.	
Gu bheil luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal a' faighinn taic iomchaidh				
BnG5.2.1	Gu bheil an tuarastal bith-beò fior ga phàigheadh do luchd-obrach, luchd-ealain, oidean, cunnradairean no daoine eile a tha ag obair às leth na buidhne, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Faicibh AC47 agus AC48 gu h-ard. Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar fhastaiche an tuarastal bith-beò agus tha pàigheadh a rèir aontaidhean nan ùghdarrasan ionadail airson luchd-obrach agus ìrean àbhaisteach gnìomhachais airson luchd-ealain.	
BnG5.2.2	Gu bheil seanailean taice agus conaltraidh gan toirt seachad do luchd-obrach fa leth, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Tha aithris mun dòigh-obrach againn a thaobh Obair Chothromach an Toiseach ri fhaighinn ann an earrann nam poileasaidhean air an làrach-lìn againn. Tha Obair Chothromach an Toiseach na chuspair air clàr-gnothaich choinneamhan sgioba, a' tabhann cothrom conaltraidh agus tha cothrom eile ann tro mheasaidhean. Tha luchd-obrach gu ruige seo air cur an aghaidh riochdachadh coitcheann ach thathar gam brosnachadh gus beachdachadh air an roghainn seo.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas				
BnG5.3.1	Gu bheil bòrd-stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal a' cumail sùil air ìre stòrasan gun chuing is am poileasaidh stòrasan aige a rèir feumalachdan na buidhne.		Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùirdidh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach. Tha Fèisean nan Gàidheal air stòras reusanta a ghlèidheadh airson grunn bhliadhnaichean a-nis air a thasgadh tro làrach-lìn Charities Aid Foundation air a ruith le Flagstone, gus meudachadh a thoirt air an riadh a thèid a chosnadh.	

BnG5.3.2	Gu bheil deagh dhàimhean gan cumail le ùghdarrasan ionadail agus Alba Chruthachail.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Tha aithisgean air an toirt seachad air dàimhean leis an luchd-maoineachaidh aig gach coinneamh Bùird agus bidh luchd-obrach ag obair le raon de dh'ùghdarrasan ionadail agus le Alba Chruthachail tro dhiofar earrannan de ar pròg ram. Fhuair Fèisean nan Gàidheal £2,204,973 tro phròiseas maoineachaidh ioma-bliadhna Alba Chruthachail airson nam bliadhnaichean 2025-28, a cuireadh gu mòr ri buannachdan bhon mhaoin shònraichte Ghàidhlig a gheibh a' bhuidheann bho Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG5.4.1	Gu bheil fios ga thoirt do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha atharrachadh ann am ballrachd bhòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Leis an ìre de dh'atharrachaidhean air a' Bhòrd ann an 2023, cha robh sinn an dùil ri tuilleadh atharraichean ann an 2024-25. Tha ballrachd a' Bhùird ri fhaicinn aig feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Bithear a' sanasachd dreuchdan bàna luchd-obrach agus bidh Bòrd na Gàidhlig mothachail orra sin tro tagaichean anns na meadhanan sòisealta agus tro aithisgean don Bhòrd-stiùiridh.	
BnG5.4.2	Gu bheil geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne gan deasachadh agus gan cur gu Bòrd na Gàidhlig an dèidh dhaibh a bhith air an aontachadh.		Bidh pàipearan a' Bhùird-stiùiridh gu lèir gan cur gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach le geàrr-chunntasan choinneamhan nam measg. Tha ball de sgioba Bhòrd na Gàidhlig air a bhith an làthair aig grunn choinneamhan a' Bhùird agus tha fàilte mhòr air luchd-amhairc.	
BnG5.4.3	Gu bheil a' bhuidheann a' cumail clàr-chunnartan, air a bheilear a' dèanamh lèirmheas le bòrd-stiùiridh na buidhne co-dhiù aon turas gach bliadhna.		Faicibh AC44 gu h-àrd.	
Gu bheil barrachd daoine mothachail is eòlach air obair Fhèisean nan Gàidheal				
BnG6.1.1	Gu bheil àireamh luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta a' fàs bliadhna-air- bliadhna.		Tha seo air a bhith fìor ach nì sinn sgrùdadh air seo a' cleachdadh figearan 2023-24 mar bhonn-stèidh.	
BnG6.1.2	Co-dhiù 6 sanasan-naidheachd agus/no cuairt-litrichean gam foillseachadh is gan sgaoileadh gach bliadhna air obair na buidhne.		Chaidh co-dhiù 15 brathan naidheachd a chur a-mach ro dheireadh R4 ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig. Chaidh 11 brathan-naidheachd a sgaoileadh le aithrisean air iarraidh oir bha an cuspair co-cheangailte ri obair le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.	
Gu bheil buidhnean Gàidhlig ag obair nas dlùithe còmhla				
BnG6.2.1	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh Fhèisean nan Gàidheal is oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig anns an sgìre aca.		Bidh conaltradh cunbhalach a' dol air adhart ann an coimhearsnachdan eadar-dhealaichte eadar ar n-oifigearan, na Fèisean agus oifigearan nan Iomairtean le co-obrachadh glè mhath aig na Fèisean agus tachartasan eile. Tha oifigearan Fèisean nan Gàidheal an sàs anns na còmhraidhean le Comunn na Gàidhlig mu Ro-innleachd	

			Òigridh na Gàidhlig agus ann an tagradaireachd ris an riaghaltas a thaobh barrachd airgid don Ghàidhlig. Chuir sinn air adhart dà thachartas aig Blas 2024 ann an co-obrachadh le Comunn na Gàidhlig gus dà fhichead bliadhna na buidhne a chomharrachadh. Rinn tè de na h-Oifigearan Leasachaidh againn, Abi Reid, taisbeanadh aig a' cheathramh Cruinneachadh Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal far an robh cothrom ann conaltradh a dhèanamh le oifigearan eile. Faicibh AC19 airson geàrr-chunntas den chùmhnant bho Bhòrd na Gàidhlig gus trèanadh Mothachaidh air a' Ghàidhlig a lìbhrigeadh do dh'oifigearan na Gàidhlig agus oifigearan ann am buidhnean poblach le uallach airson na Gàidhlig.	
BnG6.2.2	Gu bheil co-obrachadh air a bhrosnachadh eadar Fèisean ionadail is Mòdan ionadail fo stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich.		Tha dàimh fìor mhath againn ris a' Chomunn Ghàidhealach agus bidh sinn a' brosnachadh obair càch a chèile tro shianalan meadhanan sòisealta. Tha sinn ag obair còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach air Acadamaidh a' Mhòid (Faic AC21 gu h-àrd) agus tha fios againn bho rannsachadh air a' bhuaidh a bhios aig na Fèisean air comasan ciùil òigridh a tha a' gabhail pàirt ann am mòdan. Thug dithis de na h-Oifigearan Leasachaidh againn taisbeanadh air Com-pàirteachadh Saor-thoilich aig Co-labhairt nam Mòdan Ionadail air a ruith leis a' Chomunn Ghàidhealach aig Eden Court ann an Inbhir Nis. Tha co-dhiù dà Fhèis air còisirean Gàidhlig a stèidheachadh a bhios a' gabhail pàirt ann am mòdan.	
BnG6.3.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha air ùrachadh bho àm gu àm.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo agus thathar ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig aig a h-uile cothrom.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R4.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. A dh'aindhoin sin, chaidh maoin airson 2024-25 a phàigheadh dhunn airson taic a chumail ri Fèisean ionadail agus Blas a lìbhrigeadh.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2023-24. Chaidh tabhartasan luach £39,704 a thairge do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12,000 de mhaoin na comhairle.	
CEB2	Taic do na Fèisean tachartasan cunbhalach a chur air dòigh fad na bliadhna.		Tha na tabhartasan ann an ABC1 a' toirt a-steach cuibhreann de £12,545 airson tachartasan cunbhalach a chur air dòigh tron bhliadhna.	

CEB3	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Faicibh AC14, AC29 agus AC33 gu h-àrd airson taic san fharsaingeachd. Bidh sinn a' conaltradh ri Fèisean Earra-Ghàidheil airson nam feumalachdan aca a fhrithealadh.	
CEB4	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Chaidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil air adhart san Iuchar an dèidh trèanadh fad seachdain aig na ceòladairean òga aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc. Faicibh cuideachd AC16 agus AC31 gu h-àrd. Chaidh tabhartas £8,000 a thoirt do Chèilidh air Chuairt Fèis Latharna a chluich aig 21 tachartasan san sgìre.	
CEB5	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bidh ar Manaidsear Leasachaidh agus Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT).	
CEB6	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1-5, AC31 agus AC36 gu h-àrd.	
CEB7	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deuchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata).		Faicibh AC3, agus AC6 gu h-àrd.	
CEB8	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC12 gu h-àrd.	
CEB9	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Fhuair sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Meanbh-Chuileag agus Hùb Hàb a' tadhal air an sgìre ag obair le clann sna tràth-bhliadhnaichean. Thadhail dealbh-chluibh na Nollaige ann an sgoiltean Earra-Ghàiheil san Dùbhlachd. Tha grunn sgoiltean ann an Earra-Ghàidheil am measg an fheadhainn a tha a' faotainn sheiseanan Gàidhlig tron chùmhnant aig Fèisgoil le co-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail. Faicibh AC25 gu h-àrd.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill:

1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròGram obrach.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Cèitean 2025

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2025.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

14.03.25 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
18.03.25 Seisean *Brìgh* a lìbhrigeadh le co-obraichean Fèisgoil
20.03.25 Seisean *Brìgh* a lìbhrigeadh le co-obraichean Fèisgoil
21.03.25 Coinneamh le bròcairean airson còmhradh mu àrachas Fèisean nan Gàidheal
24.03.25 Seisean *Brìgh* a lìbhrigeadh le co-obraichean Fèisgoil
25.03.25 Seisean *Brìgh* a lìbhrigeadh le co-obraichean Fèisgoil
26.03.25 Coinneamh le EKOS a bha a' rannsachadh sheirbheisean son tachartasan ann an Alba
27.03.25 Coinneamh le Riaghaltas na h-Alba air Ro-innleachd Fèisean na h-Alba
31.03.25 Coinneamh de Bhuidheann Prògramaidh Blas
31.03.25 Coinneamh Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
08.04.25 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig airson còmhradh mu thaic-airgid a bharrachd
09.04.25 Tadhal air Fèis Obar Dheathain
10.04.25 Tadhal air Fèis an Earraich
16.04.25 Tadhal air Fèis Obar Latharna
16.04.25 Buidheann-còmhraidh AMPLIFY le òigridh Fhèis Latharna
22.04.25 Seisean *Brìgh* a lìbhrigeadh le co-obraichean Fèisgoil
07.05.25 Còmhradh le Abi Sandy mun tràchdas aice
14.05.25 Coinneamh de Bhuidheann Prògramaidh Blas
14.05.25 Coinneamh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
15.05.25 Coinneamh le Calum agus Anne airson fiosrachadh a thoirt seachad
22.05.25 Coinneamh ann an Dùn Èideann le Riaghaltas na h-Alba
22.05.25 Còmhradh le Cathraiche Fèisean nan Gàdheal air thoiseach air coinneamh a' Bhùird
23.05.25 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Cuiridh sin mach litrichean agus phàigheadh sin airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2025-26 às dèidh aonta. Chaidh £43,353 a-mach gu Fèisean na Caisge ach tha £352,491 air a tairgse uile gu lèir às dèidh aonta bhon na Buill.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Luke Slater feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice

barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Eilean na Hearadh & Fèis Rois taic an uiridh.

- Curidh mi air dòigh cùisean airson a' Cruinneachadh 2025 air 26/27 Sultain, ann an Glaschu am bliadhna.
- Tha sinn air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Cèilidhean air Chuairt 2025. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Lochabair, Fèis Latharna & Fèis Spè.
- Tha Abi & Nicola a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis agus chaidh caradh a'dhèanamh air ionnsramaidean a'mìos seo. Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh an uiridh. Tha John Masson a'caradh ionnsramaidean a-nis dhuinn. Tha feadhainn a-mach air màl cuideachd.
- Chuir sin àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran ach tha sin a'strì a thaobh buidhnean corpaichte agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 04 Gearran 2025.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 24/25 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach airson an uiridh agus tha mhòr chuid air am pàigheadh a-nis.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Chaidh trèanadh luchd-obrach air adhart anns an Dùbhlachd cuideachd còmhla ri Morag Stiubhart. Rinn Calum, Aonghas & Luke cùrsaichean eader-dhealaichte anns an Fàoilteach. Chaidh Trèanadh Gàidhlig le Ingrid air adhart anns a'Ghearran agus Cothrom Comhraidh dhan na Fèisean anns a'Mhàirt 2024. Rinn Monica Hayes bho Fèis Obar Dheathain trèanadh Ciad-Cobhair anns a'Mhàirt cuideachd. Rinn 9 trèanadh ciad-cobhair ann An Glaschu anns a'Chèitean agus bha trèanadh oidean air-loidhne le Ingrid. Tha Abi a dèanamh trèanadh togail airgead a'dh'aithghearr. Rinn Nicola treanadh dìonadh agus Eilidh C trèanadh InDesign. Chaidh trèanadh Dìon-Chloinne & Ciad Cobhair air adhart anns An Gearran & Màrt 2025.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh stiùireadh a chur air dòigh airson poileasaidhean àrainneachd ùrachadh. Tha mi air Plana Freagarrachaidh a chur ri chèile airson gnath-shìde.
- Thèid Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Arthur a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG an-dràsta.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Maria pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Chaidh Fèis Bhlas air adhart air 6-14 an t-Sultain 2024. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi anns am Phloc agus ann an Stafainn.

Tha Fèis Bhlas a'tachairt air 09-13 Sultain am bliadhna. Tha 4 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2025-26 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach gu a'mhòr-chuid dhaibh. Thèid trèanadh air adhart gu h-ionadail.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù dà latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh cuideachd. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Stiùir Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Teams gu cunbhalach agus coinneamhan far a feum mi a bhith làthair.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar. Bha Peigi Ann deiseil anns an Òg-mhios 2023 agus Calum Friseil anns an dreuchd a-nis bhon Lùnastal. Tha Maria NicCasgaill air toiseachadh mar Rianaire. Bidh Calum Ailig Mac a'Mhaoilein a'toiseachadh an ath-mhìos mar Cheannard ùr agus Arthur a'leigeil dheth a'dhreuchd. Tha sinn a'sanasachd airson Manaidsear Leasachaidh.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Bidh mi a cuir seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a tha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 31Màrt 2025.
- Cur Maria air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd le taic chuir mi eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante. Fhuair Plana Freagarrachaidh airson na gnàth-shìde aonta aig a'Coinneamh mo dheireadh agus tha e air an larch-lìn. Rinn mi dà seisean trèanaidh anns an Fhaoilteach 2024 airson seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2025.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Anns a' Ghearran agus a' Mhàirt bha mi trang ag obair leis an Sgioba Leasachaidh airson measadh a dhèanamh air iarrtasan gu Sgeama Tabhartasan nam Fèisean. Chuir mi air dòigh clàran an uairsin le molaidhean air suimeanan airson a' bhliadhna air thoiseach oirnn le àrdachadh susbainteach as an suim iomlan a thathas a' toirt seachad am bliadhna a bhios na chuideachadh mhòr do Fhèisean deiligeadh ri cosgaisean àrda agus ìrean-pàighidh nan oidean.

Chum mi taic ri Fèis an Earraich le foirmean-iarrtais agus clasaichean air thoiseach air a' Chàisg 's bha Fèis air leth soirbheachail aca le còrr is 150 a' gabhail pàirt ann. Bha àireamhan fallain dha riribh aig Fèis Latharna cuideachd agus seachdain Fèis soirbheachail acasan cuideachd.

Tha mi air a bhith ag ullachadh foirmean air-loidhne do Fèis Thròndairnis, Fèis Thiriodh agus Fèis Lochabair. Mar sgioba tha sinn uile air a bhith a' sgaoileadh fiosrachaidh agus a' cumail taic ri Fèisean na h-atharraichean san sgeama PVG.

Thànaig an Sgioba Leasachaidh còmhla tràth sa Chèitean ann an Ulapul gus bruidhinn air Fèisean, leasachaidhean agus am pròram obrach a tha ri lìbhrigeadh air a' bhliadhna air thoiseach oirnn.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2025
Tha sinn air a bhith feuchainn ri adhartas a dhèanamh le pròram na bliadhna sa. Tha mi air leth toilichte gu bheil Criosaidh NicRath an sàs a-rithist a' bhliadhna seo 's bi sin na thaic mhòr dhuinn a' dol air adhart.

Tha coinneamhan cunbhalach den bhuidheann pròramaidh a' dol air adhart 's bidh sinn ag amas air a' phròram fhoillseachadh ro dheireadh an t-Ògmhios.

Trèanadh Luchd-obrach
Ged nach do chruinnich sinn mar sgioba bhon Dùbhlachd son trèanadh a dhèanamh, tha cuid air a bhith a' cumail orra le cùrsaichean Ciad cobhair, taic le feumalachdan shònraichte agus dealbhadh graifigeach. Bidh sinn a' coimhead ri trèanadh mar sgioba a dhèanamh as na miosan a tha romhainn.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
Tha trèanadh cunbhalach air cuspairean cumanta mar ciad cobhair, dìon-chloinne is eile a' dol air adhart. Chaidh fiosrachadh mu feumalachdan trèanaidh a chruinneachadh sna foirmichean-tabhartais agus tha mi airson clàr-bhliadhnail a chur air dòigh le measgachadh de thrèanadh aig ìre ionadail agus air-loidhne airson an trèanadh a chaidh iarraidh a chur air dòigh

Fuaran
Fhuaras dearbhadh bho Mhaoin-Dualchais a' Chrannchur gu robh an t-iarrtas a chaidh ullachadh mu choinneamh Fuaran soirbheachail. Rinn Abi an t-uamhas obair air seo 's tha mi fìor-thoilichte gun tèid againn am pròiseact seo a leudachadh air an dà bhliadhna a tha romhainn. Tha iarrtasan an-dràsta fosgailte do chom-pàirtichean agus tha sinn cuideachd a' sirèadh Co-òrdanaichean Pròiseict a ghabhas stiùir air a' phròiseact.

Amplify
Tha coinneamhan cunbhalach air a bhith a' gabhail àite as na trì mìosan mu dheireadh leis na buidhnean a tha an sàs sa phròiseact seo. Bha sinn ag ullachadh ceistean agus fiosrachadh airson buidhnean focas a chaidh a chur air dòigh le com-pàirtichean Fèise agus oidean. Thathas a' dèanamh seo airson gum bi guth aig an òigridh agus oidean a bhios a' cleachdadh an teicneòlas. Chum sinn còmhradh mar seo le com-pàirtichean 5 Latha, com-pàirtichean aig Fèis Latharna agus seisean air-loidhne le oidean agus fear eile le com-pàirtichean.

Tha sinn cuideachd air a bhith ag ullachadh airson cruinneachadh le luchd com-pàirt Amplify a bhios a' gabhail àite ann an Leòdhas eadar 19-22 Cèitean le cha mhòr 30 a' tighinn cruinn airson bruidhinn air adhartas leis a' phròiseict agus na h-ath cheumannan.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

5 Latha
Chaidh 5 Latha 2025 a chumail eadar 7-12 Giblean. Bha 18 air clàradh air a shon, ach gu mì-fhortanach b'fheudar do aon duin aca a tharraing a-mach aig a' mhionaid mu dheireadh.

Bha fìor dheagh thachartas againn am bliadhna le aimsir cho math 's a bh' againn a-riamh airson 5 Latha. Chaidh an òigridh an sàs ann am pròg ram farsaing de chur-seachdan chultarail co-cheangailte ri croitearachd, iasgach, ealain is còcaireachd a bharrachd air ceòl is òrain le Iain MacMhaighstir agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh buth-obrach shònraichte a lìbhrigeadh le Maighread Stiùbhart air òrain ghnìomh a bha inntinneach is tarraingeach dhaibh.

Chaidh cèilidh coimhearsnachd a chumail air an oidhche Dhiardaoin ann an co-bhonn le Còisir Ghàidhlig Charlabhaigh 's chaidh taic mhath a chumail ris leis a' choimearsnachd mar as àbhaist.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Bidh sinn a' cur sreathan ùr de leasannan ciùil ri Oide as na mìosan air thoiseach oirnn. A bharrachd air seo, bidh sinn ag amas air barrachd a chur ris na thathas a' tabhann le ionnsramaidean is cuspairean ùra.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Leis gum bi mi fhìn a' gluasad gu dreuchd ùr aig toiseach an t-Ògmhios bidh atharraichean a' tighinn air an Sgioba Leasachaidh. Aon uair 's gu bheil Manaidsear Leasachaidh ùr an dreuchd bidh sinn a' coimhead air mar a tha taic ga chumail ri na Fèisean agus mar a tha iad air an roinn eadar na h-oifigearan son dèanamh cinnteach gu bheil seo air a dhèanamh san dòigh as cothromaiche, as èifeachdaiche agus as fheàrr do na Fèisean.

Bidh sinn a' fastadh oileanach sàmhraidh tro sgeama Comhairle nan Eilean Siar. Mairidh an greis gnìomhachais seo fad 10 seachdainean.

Prìomh choinneamhan is eile
Coinneamhan Amplify air-loidhne (10/3, 19/3, 20/3, 24/3, 3/4 , 28/4, 29/4, 9/5) *Uaireanan tha barrachd air aon choinneamh sa latha.*
Coinneamh leis An Gathering (20/3)
Coinneamh le Fèis Bharraigh 26/3)
Còmhradh le Amber Blake mun trachdas aice (27/3)
Coinneamh le Fèis Latharna (2/4)
Coinneamhan le Fèis Thiriodh (8/5 & 14/5)
Coinneamh le Jo Wheeler (29/4)
Buidheann pròg ramaidh Blas (31/3), (14/5)

Ainm	**Eilidh NicCoinnich**
Dreuchd	**Manaidsear Fèisgoil**

NOTA: Bidh fiosrachadh mu na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisgean EC agus AM

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' leasachadh sgilean obrach agamsa:

- Cairteal a h-uaireach cha mhòr gach seachdain, bidh mi a' coinneachadh le Eilidh NicCarmaig, mo chuid ghràmair Gàidhlig a leasachadh.

- Ghabh mi pàirt ann an cùrsa "Speaking in Public" air 19.03.25 ann an Glaschu.
- A' frithealadh air-loidhne aig cùrsa ciùil air 27.03.25 mu EDI A' Adams Bairns.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Tursan ri thighinn an teirm-sa: àireamhan mar a bhios sinn an dùil

Hùb-Hàb: Mirren Nic a' Bhàird 19-30.05.25

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	16	19	275

Meanbh-chuileag Cà Deach a' chlach Earrann 2: 18.06-02.07.25. Bidh dearbhadh mu na h-àireamhan ri thighinn san ath aithisg ach an dùil a tadhal air 21 sgoiltean, a mhòr chuid aca àrd-sgoiltean.

Là Dràma le Aonghas 13.05-04.06.25; bun-sgoiltean FTMG air a' Ghàidhealtachd.

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	7	21	154

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd Teirm 4; 1 ughdarras ionadail an sàs (Àir a Deas)

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	9	121	413

bliadhna gu lèir:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
15	26	1098	2473

Beairteas air Bhioran! 03-05.25 ann an co-obrachadh le Tobar an Dualchais le Floraidh Forest agus Marion NicAoidh ga lìbhrigeadh.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	6	28	119

Eòlas air a' Ghàidhlig:

(i) Bòrd-stiùiridh Phairc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh; air a lìbhrigeadh le Calum Macilleathain 09.05.25; 19 buill a' bhùird agus dithis luchd-obrach an làthair.

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
1	1	21

(ii) 6 seiseanan Brìgh [Eòlas air a' Ghàidhlig] a' lìbhrigeadh Am Màrt-An Ògmhios. Bìdh dà sheisean fhathast ri lìbhrigeadh sa Chèitean agus san Ògmhios le Art MacCarmaig, Eilidh NicCarmaig agus Eilidh NicCoinnich.

Ach gu ruige seo - Brìgh Modail A(i&ii) 18 & 25.03.25; Modail B, seisean 1 & 2 24.03 & 22.04.25

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Còm-pàirtichean
3	9	52

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh: bliadhna sgoile 2024/25 uile gu lèir

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
40	167	1816	4165

Seinn Uibhist is Barraigh : teirm 4 air a lìbhrigeadh le Dorothy Nic a Phiocair, Seonaidh Mac an t-Saoir agus Catherine Tinney; àireamhan bliadhna sgoile air fad fon sin:

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan

3	6	232*	422
4	6	459	422

**180 DN; 49 CT; 3SM*

Acadamaidh a' Mhòid 2025:– Mòd Lochabair – Am Màrt-An Ògmhìos.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6	18	297	493+

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Clasaichean Gàidhlig air an oidhche le Comhairle Baile Ghlaschu 04.03.25-14.05.25 air a lìbhrigeadh le Gillebrìde MacIlleMhaoil, Fiona Dunn, Linda NicLeòid, Pàdruig Moireastan agus Angela Nic a Mhaoilein.

Luchd-lìbhrigidh	Seiseanan	Com-pàirtichean
5/4	50*	103**

**49 seiseanan leantainneach thairis air 7 seachdainnean agus seisean fa-leth mar toiseach tòiseachaidh do na com-pàirtichean air fad le fiosrachadh mu Glaschu agus daimh sònraichte le Gàidhlig, Baile Mòr nan Gàidheal.*

***cha do nochd iad uile*

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan le sgioba Fèisgoil agus le oidean Fèisgoil agus luchd-rianachd ICO:
14.03.25: a' frithealadh air-loidhne aig coinneamh a' bhùird.
17.03.25: coinneamh le AC & EC mu Brìgh (seiseanan Eòlas air a' Ghàidhlig (EaG)).
18.03.25: còmhla ri AC & EC, a' lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail A(i).
19.03.25: a' frithealadh aghaidh ri aghaidh aig cùrsa 'Speaking in Public' ann an Glaschu.
20.03.25: coinneamh le Carola mu Brìgh – measadh fhaighinn bhuaipe.
24.03.25: còmhla ri AC & EC, a' lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail B, Seisean 1.
25.03.25: còmhla ri AC & EC, a' lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail A(ii).
27.03.25: coinneamh le Emily NicDhòmhnaill (Eden Court) & AM mu Panto 2026.
27.03.25: coinneamh le Morag Anna NicLeòid Mitchell mu Acadamaidh a' Mhòid.
27.03.25: a' frithealadh aig cùrsa A' Adam's Bairns? Scottish identity + diversity through music.
31.03.25: coinneamh buidhean-stiùiridh Blas.
02.04.25: coinneamh GLAN.
14.04.25: coinneamh le Michelle NicIlleathain mu Seinn, Barraigh.
15.04.25: coinneamh le Richard Mac a' Ghobhain mu Blasad Gàidhlig ann an Cataibh/Gallaibh.
16.04.25: coinneamh le Karen Delaney, Comhairle Mhoireibh.
21.04.25: coinneamh le Dorothy Nic a Phiocair mu Seinn agus rianachd an lùib.
22.04.25: còmhla ri AC & EC, a' lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail B, Seisean 2.
30.04.25: coinneamh le Gayle NicRath agus Riseard MacDhòmhnaill, NHS air a' Ghàidhealtachd.
01.05.25: a' frithealadh aig Co-labhairt Comhairle na Gàidhealtachd.
14.05.25: coinneamh buidhean-stiùiridh Blas.
19.05.25: coinneamh le Ula Weber mu co-obrachadh air pròiseact seinn sa raon-chluich.
20.05.25: coinneamh le luchd-rianachd ICO mu bhliadhna sgoile 2025/26.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

NOTA: Bidh àireamhan do na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MB.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tha mi a' toirt taic do dh'Eilidh NicCoinnich le mìr gràmair cha mhòr gach seachdain fad cairteal na h-uarach.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Faic aithisg Aonghais MhicLeòid airson fiosrachadh nas mionaidiche a thaobh pròiseactan dràma.

Tha sinn air a bhith ag obair air Jotform a thèid a-mach do na sgoiltean far an urrainnear ùidh a chlàradh ann an taisbeanaidhean dràma airson 2025/26. Thèid seo a-mach ron t-samhraidh.

Hùb Hàb aig na Geamaichean Gàidhealach
Bidh turas Hùb Hàb a' gabhail àite 19-29.05ann an Gleann Urchadain, san Eilean Sgitheanach agus CnES. Chuir mi àitichean-fuirich air dòigh do Mhirren Nic a' Bhàird cuide ri bhith a' conaltradh ris na sgoiltean gus clàr-ama a dhearbhadh. Thug mi taic do Aonghas le bhith a' sgeadachadh nam bogsaichean. Tha mi air a bhith ag obair air goireasan do na sgoilearan cuideachd a thèid a-mach ro 19 An Cèitean le cur-seachadan, faclan feumail is òrain nan cois.

Meanbh-chuileag: Cà' Deach a' Chlach?
Bidh an dàrna leth den turas a' gabhail àite fad trì seachdainean an teirm-sa (16.06-02.07) le Claire Frances NicNìll agus Fearghas Rothach air bòrd a-rithist. Tha Aonghas air a bhith ag obair a dh'ionnsaigh clàr-ama a dhearbhadh le taic bhuamsa a thaobh àitichean-fuirich agus siubhal.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig
Tha Blasad Gàidhlig ann an Àir a Deas a' leantainn an teirm-sa air-loidhne. Bidh na seiseanan air fad deiseil meadhan an Ògmhios.

Beairteas: Air Bhioran!
Tha Flòraidh Forrest agus Marion NicAoidh air pròiseact mu fhighe ann am bun-sgoiltean an Eilein Sgitheanaich a lìbhrigeadh do BSGPR, BS Dhùn Bheagain, BS Shlèite agus BS an Àth Leathainn. Bidh seiseanan ann am BS Stafainn agus BS Chille Mhoire a' tòiseachadh air 19.05.25.

Chuir Flòraidh PowerPoint air dòigh airson gach seisean agus tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Tobar an Dualchais gus goireas a dhèanamh a-mach aiste a thèid a chur gu feum le sgoiltean air feadh na dùthcha, le eachdraidh fighe, òrain-obrach, faclan feumail agus a leithid na chois. Tha bhidiothan cuideachd na chois le stiùireadh a thaobh fighe sa Ghàidhlig a bhios air leth feumail.

Eòlas air a' Ghàidhlig
(i) Bòrd-stiùiridh Phàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
Lìbhrig Calum MacIlleathain seisean dhaibhsan air 09.05.25.

(ii) Brìgh (Bòrd na Gàidhlig)
Tha sinn air an dà sheisean a lìbhrigeadh do dh'oifigearan Gàidhlig a-nis, agus air dhà a-mach à ceithir seiseanan fa leth a lìbhrigeadh do luchd-obrach nam buidhnean poblach. Tha deagh mheasadh neo-fhoirmeil air a bhith againn gu ruige seo. Cuiridh sinn cuideachd goireasan air dòigh ro dheireadh an t-sreath do chom-pàirtichean.

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh
Tha a' mhòr chuid de sheiseanan ICO a-nis seachad airson 2024/25.

Tha sinn air bhidiothan fhaighinn bho 42 clasaichean an sàs 's iad a' gabhail an òrain co-roinnte againn 'Mhic Iarla nam Bratach Bàna'. Tha Hamish MacLeòid gu bhith ag obair air a' bhidio gus rudeigin a tharraing ri chèile airson a' bhliadhna a chomharrachadh.

Seinn Uibhist & Barraigh
Thadhail Seonaidh Mac an t-Saoir air sgoiltean Bharraigh airson seisean sònraichte air 14.05.25 às dèidh nan sgoiltean dùnadh aig toiseach na bliadhna air sgàth 's droch shìde.

Tha seiseanan cunbhalach anns na sgoiltean a' leantainn le Dorothy Nic a' Phiocair (Uibhist) agus Catherine Nic an t-Sionnaigh (Barraigh, air-loidhne).

Acadamaidh a' Mhòid
Tha seiseanan AaM air tòiseachadh a-rithist às dèidh saor-làithean na Càisge is sinn ag obair gus sgoilearan a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail anns a' Mhòd. Tha sinn a' feitheamh fios fhathast mu mhaoineachadh airson seiseanan às dèidh an t-samhraidh ach dòchasach gum bi seo againn a a dh'aithghearr gus am faigh sinn cothrom clàran-ama is oidean a dhearbhadh ron t-samhraidh.

A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ meudachadh nan àireamhan aca

Clasaichean Gàidhlig air an oidhche le Comhairle Baile Ghlaschu
Chaidh seachd seachdainean de sheiseanan a lìbhrigeadh do chom-pàirtichean le còig luchd-lìbhrigidh an sàs aig trì diofar ìrean. Tha seiseanan a-nis deiseil airson na bliadhna leis an fhear mu dheireadh a' gabhail àite air 14.05.25.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan gu cunbhalach le Eilidh MB agus Aonghas, tha mi air a bhith an sàs anns na coinneamhan/tachartasan a leanas:
17.03.25: coinneamh le EMB & AC mu Bhrìgh (seiseanan Eòlas air a’ Ghàidhlig (EaG)).
18.03.25: còmhla ri EMB & AC, a’ lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail A, Seisean 1.
24.03.25: còmhla ri EMB & AC, a’ lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail B, Seisean 1.
25.03.25: còmhla ri EMB & AC, a’ lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail A, Seisean 2.
22.04.25: còmhla ri EMB & AC, a’ lìbhrigeadh EaG – Brìgh, Modail B, Seisean 2.
23.04.25: coinneamh le Flòraidh Forrest mu ghoireasan Bheairteis: Air Bhioran!
20.05.25: coinneamh le luchd-rianachd ICO mun bhliadhna sgoile 2025/26.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Lìbhrig mi seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamh air loihne a' bhùird air 14 Màrt 2025.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Latha Dràma – Pròiseact Paidhleat
Air Diciadain 7 Cèitean thòisich mi a' lìbhrigeadh pròiseact pàidhleat a tha ag amas air sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar an dùil gum bi seachd bun-sgoiltean a' gabhail pàirt sa phròiseact a bhrosnaichean gnàthasan-cainnt a chleachdadh mar phàirt den obair a chruthaicheas gach buidheann.

Hùb Hàb 2025
Rinn mi obair riochdachaidh air dealbh-chluich Hùb Hàb na bliadhna seo. 'S e Hùb Hàb: Latha Mòr nan Geamaichean Gàidhealach tiotal an taisbeanadh eadar-obrachail a tha ag amas air sgoilearan ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar C1-C3. 'S e taisbeanadh do aon chleasaiche a th'ann 's chaidh Mirren Ward fhastadh gus an turas lìbhrigeadh. Às dèidh dhomh stiùireadh a thoirt dhi eadar 14 agus 16 den Chèitean, thèid i air turas leis gu bun-sgoiltean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar eadar 19 agus 30 den Chèitean. Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig leis an obair a bh'aice ag ullachadh goireasan sgoile ceangailte ris a' chuspair.

Meanbh-chuileag 2025/ 2026
Cho-òrdanaich mi an dàrna turas a bhios againn sa bhliadhna sgoile seo leis an dealbh-chluich Meanbh-chuileag 'Cà deach a' Chlach?'. Tha sinn an dùil gun tèid an turas a chumail eadar 18 Òmhios agus 2 den Iuchar.
Tha an dealbh-chluich stèidhte air an sgeul mu Chlach Sgàin agus mar a chaidh a' chlach a 'saoradh' o Abaid Westminster ann an 1950. Bidh Fearghas Rothach agus Claire Frances NicNìll a' cleasachd ann. 'S abhaist tursan le dealbhan-cluich Meanbh-chuileag a bhith ag amas air bun-sgoiltean ach bheir an turas seo cothrom do dh'àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig ga fhaicinn 's pàirt a ghabhail sa bhùth-obrach a bhios ann às dèidh làimh.

Sgoil-Shamhraidh Dràma 2025
Thèid Sgoil na bliadhna seo a chumail eadar 7 agus 12 den Iuchar 2025 ann am Port Rìgh.

Tha i fosgailte do thagraichean aig aois na h-àrd-sgoile a tha fileanta sa Ghàidhlig. Thèid an Sgoil a chumail aig an Ionad aig Àrd-sgoil Phort Rìgh agus àite-fuirich a chur air dòigh do chompàirtichean aig ostail Eilginn.

Thèid Tanya NicDhòmhnaill fhastadh mar stiùiriche-ealain na Sgoile agus gheibh i taic tron t-seachdan bhuam fhèin, Rachel Kate NicLeòid agus Fearghas Rothach.

Chaidh fiosrachadh mun Sgoil agus ceangal gu foirm-clàraidh air loidhne fhoillseachadh air ar làrach-lìn aig feisean.org/ssd/ agus chaidh post-d leis an fhiosrachadh seo a chur gu àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig.

Rinn Tanya NicDhòmhnaill sanasachd mun Sgoil mar phàirt de agallamh air Feasgar an-diugh air Radio nan Gàidheal air Dihaone 9 Cèitean.

Meanbh-chuileag 2025/ 2026
Às dèidh dreach sgriobt a sgrìobhadh toiseach a' Mhàirt steidhte air an obair aig Iain Latharna Chaimbeul agus Mairead Fay Sheathach tha mi air a bhith trusadh chleasaichean gus turas a dhèanamh leis an dealbh-chluich eadar 1 Sultain agus 10 Dàmhair.

Cleasaichean gan sireadh
Tha mi air tuilleadh obair a dhèanamh gus cleasaichean le Gàidhlig a thrusadh son na dealbhan-cluiche a bhios againn do bhun-sgoiltean nas fhaide air adhart sa bhliadhna. Air Diardaon 8 den Chèitean rinn mi agallamh le Feasgar an-diugh air Radio nan Gàidheal mu na cothroman cosnaidh seo.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Teams

Sgioba Fèisgoil – Thèid coinneamhan sgioba a chumail an dràsta 's a-rithist le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Skype. Chaidh coinneamh a chumail le Teams air 30 Giblean 2025 mu phròiseactan dràma

Sreath-stiùiriche – Thèid coinneamhan aghaidh ri aghaidh no Skype a chur air dòigh ma bhios taic a dhìth. Air 14 Màrt bha coinneamh agam le Eilidh NicCoinnich mu phlanaichean dràma.

Air 27 Màrt, chaidh coinneamh a chumail le Emily NicDhòmhnaill, Manaidsear Phròiseactan Gàidhlig aig Eden Court agus Eilidh NicCoinnich mu chothroman co-obrachaidh ann an 2026.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir
- Tha an comataidh ag obair air ath-stuctaradh airson nan clasaichan leantainneach aca agus tòisichidh iad a-rithist às dèidh an t-samhraidh.
- Tha planaichean airson na prìomh Fèise agus na Cèilidhean air Chuairt a' tighinn ri chèile. Bidh an dà chuid a' tòiseachadh anns an luchar
- Bidh an comataidh a' coinneachadh ri Steven Kellow bho Bhòrd na Gàidhlig na b' fhaide den mhìos seo a bhruidhinn mu thaic airson leasachadh na Gàidhlig anns an sgìre.
- Bidh comataidh na Fèise a' ruith Mòd ionadail Chataibh is Ghallaibh san Ògmhios.

Fèis Chataibh
- Tha clasaichean leantainneach ann am fidheall, giotàr, mandolin agus meur-chlàr a' ruith mar bu chòir.
- Bha latha pìobaireachd soirbheacail aig an Fhèis air 31 Màrt agus tha iad an dùil fear eile a ruith uaireigin.

- Bidh a' Phrìomh Fhèis a' tachairt ann an Àrdsgoil Ghoillspidh bho 7 – 11 Iuchar agus tha an comataidh an dùil a bhith a' ruith clàr-ama sònraichte airson deugairean.

Fèis a' Bhaile
- Bidh na clubaichean bogsa agus feadain fhathast a' ruith gach mìos agus tha an comataidh a' coimhead air cothromon eile airson fidheall agus giotàr a leasachadh oir cha robh na h-àireamhan aig na clubaichean sin àrd gu leòr.
- Tha na leasanan clàrsaich a' ruith a-rithist às dèidh toisich soirbheachail ro àm na Càisge.
- Bidh 12 com-pàirtiche a' gabhail pàirt anns a' chlas meur-chlàr aig an leabharlann agus bidh an Fhèis a' ruith madainn chofaidh aig leabharlann Chùil Lodair airson airgead a thogail.
- Chaidh latha Gàidhlig airson teaghlaichean air adhart aig deireadh a' Mhàirt le taic bho Bhòrd na Gàidhlig

Fèis Inbhir Narainn
- Tha na clasaichean leantainneach fhathast a' dol gach seachdain aig an Ionad Choimhearsnachd ann an Inbhir Narainn.

Fèis Obar Dheathain
- Thachair a' phrìomh Fhèis aig Oilthigh Obar Dheathain bho 7mh – 10mh An Giblean le dà-fhichead com-pàirtiche.
- Chaidh coinneamh bhliadhnail a chumail aig deireadh a' Ghiblean agus bidh Anne Thirkell a' leigeil dhith a dreuchd mar chathraiche. Leis a sin bidh an comataidh ùr a' coinneachadh a dh'aithghearr gus dreuchdan agus dleastanasan aontachadh.

Fèis Spè
- Tha an Fhèis a' leantainn oirre leis na clasaichean seachdaineil aca, a' gabhail a-steach an clas bogsa-ciùil ùr
- Bidh latha Fèise ann am Badaguish air 10mh Cèitean.
- Bidh an còmhlan as sine, Monadh Ruadh, a' dol air Chuairt Samhraidh tron sgìre iondail a-rithist am-bliadhna seo
- Bidh an dà chòmhlan a' tighinn còmhla a chluich aig Fèis Ciùil Tradiseanta SSPDT ann an Dùn Èideann an ath-mhìos agus bidh iad a' tadhal air Fèis Thatha airson bùth-obrach a lìbhrigeadh airson chom-pàirtichean òga an sin.

Fèis Ghallaibh
- Thòisich sreath ùr de na bùthan-obrach air 15mh Màrt agus bidh iad a' leantainn gu deireadh na teirm seo. Tha an comataidh a' feuchainn ri signatories ùr a chur air a' chunntas banca aca agus tha sin a' toirt ùine mhòr.

Fèis na h-Òige
- Bidh a' phrìomh Fhèis a' tachairt aig BSGI bho 7-10 Iuchar
- Bidh Còisir agus Ceòl na h-Òige a' seinn aig 'The Gathering' air a' mhìos seo agus am Mòd iondail an ath-mhìos.
- Le taic bhon sgema Taic Freumhan Coimhearsnachd, thòisich club ciùil òigridh ùr aig tòiseach a' Chèitein agus bha an comtaidh toilichte fàilte a chur air naoi com-pàirtichean agus tha iad an dùil gum bi àireamhean a' fàs anns na mìosan a tha romhainn.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Cèilidhean air Chuairt

- Bidh buidhnean Cèilidh air Chuairt aig Fèis Air an Oir, Fèis Phaislig, Fèis Lochabair agus Fèis Latharna am-bliadhna seo agus tha mi a' coimhead air cothroman trèanaidh dhaibh oir bidh seachdain trèanaidh aca bho 7-11th luchar.
- Air 8mh an t-Ògmhios bidh mi a' dol gu Eilean Chanaigh leis Cèilidh air Chuairt Fèis Lochabair oir bidh cothrom aca pàirt a ghabhail anns an tachartas fhosglaidh aig Taigh Chanaigh.

Colmcille

- Bidh com-pàirtichean Turas a' dol air chuairt do Dhùn nan Gall air a' chiad deireadh-seachdain den Ògmhios còmhla-ri Calum Friseal agus oide Rae Nicìomhair.

Trèanadh

- Choinnich an sgìoba leasachaidh na bu traithe den mhìos seo agus chuir sin air dòigh clàr-àma trèanaidh airson nam mìosan a tha romhainn.
- Cuiridh mi trèanadh ciad cobhair agus dìon chloinne air dòigh do Cho-òranichean nan Cèilidhean air Chuairt mar a bhios iomchaidh anns na seachdainean a tha romhainn aison a' bhith cinnteach gu bheil iad uile deiseil a dhol a-mach air na cuirtean aca.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèis agus tha mi ag obair le dà leabharlann air tachartasan a bharrachd aig Blas am-bliadhna seo.
- Thairis air an t-samhradh bidh mi aig na Fèisean ciùil The Gathering agu Belladrum a chuideachadh le seiseanan 'Thig agus Cluich' ann an co-bhann le Friends of Highland Music. 'S e cothrom math a bhios ann Fèisean agus Blas a bhrosnachadh.
- Bidh coinneamh agam leis a' Cheannard aig SSPDT air a' mhìos seo a bhruidhinn air cothroman a bhith ag obair còmhla.
- Aig deireadh an luchair bidh sinn a' lìbhrigeadh seisean 'Thig is Cluich Ceòl Tradiseanta' mar phàirt de phròg ram samhraidh Comhairle na Gàidhealtachd airson inbhich a tha ag ionnsachadh Beurla mar chànan a bharrachd.

Ainm	**Abi NicIlleRuaidh**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Iar Dheas

Tha FanID an dùil ri Latha Fèise a' ruith air an deireadh-seachdain mu dheireadh san t-Sultain, no a' chiad dheireadh-sheachdain san Dàmhair. Tha iad an dùil ri cudeigin fhastadh airson uairean rianachd a dheanamh airson taic a chumail ris a chomataidh.

Fèis an Tairbeirt

Tha mi air a bhith ag obair air plana airson seiseannan Fèis Bheag a' tòiseachadh aig FanT, le seisean eòlas air a' Ghàidhlig ann airson pàrantan agus daoine eile sa sgìre. Tha Kaitlin Ross gu bhith ann mar oide agus tha sinn an dùil ri iarrtas a cur a-staigh dhan sgeama leasachaidh air a shon. Tha sinn

ag amas air an Lùnastal son a' chiad seisean. Ghabh com-pàirtichean FanT pàirt ann an seisean Amplify sa Ghiblean.

Fèis Arainn
Bha sinn soirbheachail le iarrtas dhan *Arran Society of Glasgow* agus fhuair sinn £4,000 airson an Fhèis am bliadhna. Bha sinn cuideachd soirbheachail le iarrtas dhan tuathanas-gaoithe *Beinn an Tuirc* agus fhuair sinn £1,073 airson na clasaichean a ruith. Bidh an Fhèis a' gabhail àite eadar an 22mh – 25mh dhen t-Iuchar.

Fèis Craiginis
Fhuair mi fios bho Rachel Rogers gu bheil iad an dùil ri Fèis eile a' ruith air an 25mh agus 26mh dhen t-Sultain ann an Craiginis, Àird Fheàrna. Bu mhath leis an comataidh a bhith mar bhall dhe FnG agus tha mi ag obair còmhla riutha airson sin a chur air dòigh.

Fèis Dhùn Èideann
Thòisich na clasaichean FDE airson an teirm ùr air Disathairne 26mh dhen Ghiblean. Chaidh Sarah airson coinneamh le Jenny Jamieson bho *National Centre for Music* ann an Dhùn Èideann agus tha i an dòchas gum bidh iad ag obair còmhla nuair a tha an ionad fòsgailte.

Fèis Fhoirt
Tha FF a' sireadh cudeigin ùr airson uairean rianachd a dheanamh, leis gu bheil Megan NicDhòmhnaill fàgail an dreuchd.

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu
Bha Prìomh Fhèis aig FGG eadar an 14mh agus 17mh dhen Ghiblean. Bha 136 òigridh an sàs, Cèilidh Teaghlaich air an Dicadain agus consairt na Fèise air an Diardaoin. Bha mise ann airson an t-seachdain air fad a' cuideachadh Rae NicIomhair a bhios a' deanamh uairean rianachd aig an Fhèis.

Fèis Innis an Uillt
Gu mi-fhòrtanach, cha d'fhuair sinn lorg air ceann-latha eile airson latha Fèise FIanU a bha ag obair son an comataidh agus na h-òigridh. Fhuair iad airgead air ais bho FnG airson ga chur dheth (cancellation fees) air sgàth suidheachadh a bh' againn le àrachais.

Fèis Lannraig a Tuath
Bha còmhradh agam le Catriona McKay toiseach a' Mhàirt agus tha i an dùil gum bi Fèis ann ged gu bheil an comataidh air a bhith gu math trang. Tha i a' feitheamh air fios bhon sgoil agus nuair a tha sin againn, cuiridh sinn planaichean air dòigh gu luath.

Fèis Phàislig
Fhuair FP £50,678 bho Alba Cruathachail airson planaichean a th' aca airson 10 bliadhnaichean dhen Fhèis a chomharrachadh. Tha Fèis gu bhith aca san fhoghair son òigridh agus inbhich, agus cuirm gu math mòr gu bhith ann sa Ghearran le cothrom aig an òigridh Fèis Phàislig uile a bhith a' cluich còmhla air an àrd-urlar ann an Talla Bhaile Phàislig. Tha clàradh a-nis fòsgailte airson am Prìomh Fhèis agus tha sinn a' cur na h-oidean air dòigh.

Ionnsramaidean
Tha mi ag obair còmhla ri na h-oifigearan eile airson ionnsramaidean fhaighinn dha na Fèisean agus a' cumail smachd air na th' againn san oifis agus a' ceannach na dh'fheumas sinn airson a h-uile rud a bhith ag obair mar bu chòir.

Oifigearan Leasachaidh
Chaidh mi gu Ulapul air an 7mh dhen Chèitean airson coinneamh le na oifigearan leasachaidh eile. Bhruidhinn sinn air na Fèisean air fad agus an trèanadh a tha iad ag iarraidh. Chuir sin planaichean air dòigh airson leasachaidhean ann an 2025 agus bhruidhinn sinn air na pròiseactan eile cuideachd.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh InDesign
Tha mi fhathast ag obair tro trèanadh In Design nuair a bhios cothrom agam.

Trèanadh son nam Fèisean
Dh'obraich mi còmhla ris an sgioba leasachaidh airson clàr-ama a cur air dòigh airson treanadh ann an 2025 – 26 a' gabhail a-steach feumalachdan a bharrachd, Gàidhlig, maoineachadh, a' togail airgid, riaghlachas agus trèanadh airson oidean ùra.

Trèanadh Ciad-fhuasgladh
Rinn mi cùrsa ciad-fhuasgladh air an 3mh dhen Ghiblean aig Moray First Training Group.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Fuaran
Bha sinn soirbheachail le iarrtas gu Maoin Dualchas a Chrannchur Nàiseanta agus fhuair sinn £93,849 airson Fuaran a ruith airson dà bhliadhna. Tha iarrtasan a-nis fòsgailte airson com-pàirtichean agus tha sinn a' sireadh co-òrdanaiche cuideachd. Tha deireadh-sheachdain trèanadh gu bhith san Aghaidh Mhòr san t-Ògmhìos agus tha mi a' cur planaichean ri chèile airson sin an-dràsta.

Ainm	**Calum Alasdair Friseal**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh (Na h-Eileanan an Iar)**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha clasaichean ann am feadan & bocsa air tòiseachadh air £1 an duine leis gu bheil iad air am maoineachadh le Urras Oighreachd Ghabhsainn.
- Fhuaireadh £7k bho mhaoin Taic Freumhan Coimhearsnachd mu choinneamh neach-obrach fhastadh a chuireas tachartasan air dòigh. Thathas air a bhith a' sanas na h-obrach ach cha d' fhuaireadh tagradh fhathast.
- Bha Fèis shoirbheachail aig Fèis Taigh Dhonnchaidh san earrach, le 26 aig Fèis Nis agus 19 air a' phrìomh Fhèis.
- Thathas air cuireadh a thoirt do chloinn na Fèise a chluich aig cèilidh dha muinntir Amplify fhad 's a tha iad a-bhos air a' mhìos sa.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Fhuair an Fhèis £6.5k bho mhaoin Taic Freumhan Coimhearsnachd mu choinneimh neach-obrach fhastadh a chuireas tachartasan air dòigh. Gabhaidh agallamhan àite air an t-seachdain a' tòiseachadh 5/5/25.

Fèis Eilean Na Hearadh

- Fhuair an Fhèis fàirdeal bho chionn ghoirid airson na sgoile an-uiridh. B' e seo a' chiad uair a bha aca ri phàigheadh agus fhuair iad prìs àrd airson na sgoil am-bliadhna sa. Fhuair sinn aonta an-uiridh bho cheannard an fhoghlaim aig CnES gum faigheadh Fèisean sgoiltean air màl aig prìs coimhearsnachd seach coimeirsealta, ach cha b' e sin a bha anns a' chuot a fhuair Fèis Eilean Na Hearadh. B' fheudar dhuinn sgrìobhadh gu ceannard an fhoghlaim gus seo a cheartachadh.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Mar an ceudna, chaidh an t-aonta le ceannard an fhoghlaim a chur air dòigh an dèidh dha Fèis Eilean an Fhraoich prìs chianail fhaighinn airson Sgoil MhicNeacail an-uiridh. B' fheudar dhuinn FES (a bhios a' ruith na sgoile) agus ceannard an fhoghlaim a cheangal air post-d a-rithist gus a' phrìs a fhuair iad am-bliadhna sa a cheartachadh. Tha e coltach gum bi seo a' leantainn is nach deach an t-aonta a roinn a-measg roinnean iomchaidh, ach gum faigh na Fèisean prìs lasaichte mar a chaidh a ghealltainn.

- Às dèidh iarrtas soirbheachail gu Tesco Stronger Starts, thàinig Fèis Eilean an Fhraoich anns an dàrna àite sa cho-fharpais airson sgillingean gorm aig Tesco, agus mar sin gheibh iad £1,000 mu choinneimh Fèis na bliadhna sa.

- Thathas air iarraidh air còmhlan-ciùil Fèis Eilean an Fhraoich a chluich aig cèilidh dha muinntir Amplify fhad 's a tha iad a-bhos air a' mhìos sa. Thathas cuideachd air iarraidh orra a bhith an sàs ann am buidheann-fòcais co-cheangailte ri Amplify air an aon sheachdain, anns am bi iad a' dealbh cò ris a bhios an teicneòlas coltach.

- Ri linn obair leasachaidh, thèid an Fhèis a chumail aig Bun Sgoil Steòrnabhaigh am-bliadhna sa, seach Sgoil MhicNeacail.

Fèis Bharraigh

- Tha dùbhlain a' leantainn a thaobh Fèis Bharraigh @ 45, comataidh beag agus cosgais chlasaichean.

- Choinnich mi-fhìn agus Calum Alex ris a' chomataidh a-rithist a chur an ìre nach eil na clasaichean-oidhche 1-ri-1 idir seasmhach, fiù 's ged a chaidh prìsean a chur an àirde, agus a bhruidhinn mu Fèis Bharraigh @ 45. Thèid plana a chur air dòigh gus an ceann-bliadhna a chomharrachadh ann an dòigh a ghabhas dèanamh le comataidh cho beag, agus thèid modal a dhealbh le chèile gus clasaichean a dhèanamh seasmhach mus tòisich iad a-rithist. Chaidh Excel a dhèanamh a dh'obraicheas a-mach dè a bu chòir dhaibh a bhith ag iarraidh bho chom-pàirtichean a-rèir cia mheud a th' anns a' chlas, dè cho fada 's a tha na clasaichean, an grannt a gheibh iad bho Sgeama Tabhartasan nam Fèis agus a-rèir nan cosgaisean a chur iad dhan fhoirm-tagraidh airson Sgeama Tabhartasan nam Fèis.

A bharrachd air seo, gheibh Fèisean anns Na h-Eileanan an Iar an t-aon suim 's a fhuair iad bho mhaoin Oighreachd a' Chrùin an-uiridh (timcheall air £1.5k gach Fèis).

A' leasachadh sgilean is thàlantan

ALS

Bha coinneamh a-measg bhuidhnean Gàidhlig anns Na h-Eileanan air 22/4/25 a bhruidhinn mu dheidhinn *Areas of Linguistic Significance,* agus na bhiodhte a' sùileachadh bho a leithid dh dh'inbhe, is sgioba na Gàidhlig a' conaltradh ris an riaghaltas an-dràst mun dearbh chuspair. Thathas an dùil coinneachadh a-rithist an ceann 3 mìosan.

Coinneamh Sgioba Leasachaidh
Choinnich an Sgioba Leasachaidh ann an Ulapul air 8/5/25 a bhruidhinn mu dheidhinn nam mìosan a tha romhainn, feumalachdan nam Fèis, na dùbhlain co-roinnte a-measg Fhèisean (a leithid màl sgoiltean agus a' dèiligeadh ri farsaingeachd de dh'fheumalachdan a bharrachd), trèanadh a thèid a chur air dòigh, agus eile. Bha e air leth feumail latha slàn fhaighinn le chèile.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Amplify
Ged a bha tòrr choinneamhan a thaobh beusachd an lùib a bhith a' dealbh nan ceisteachan is bhuidhnean-fòcais airson Amplify, tha cùisean a' gluasad a-nis.

Chaidh buidheann-fòcais a dhèanamh aig 5 Latha, leis an òigridh a' bruidhinn mun eòlas a th' aca air teagasg air-loidhne, dè na rudan a tha a' còrdadh riutha agus nach eile, agus na rudan a dhèanadh na b' fheàrr e. Bha còmhradh beòthail ann is chaidh tòrr bheachdan a thrusadh a bhios gu feum. Bha buidheann-fòcais a bharrachd ann an t-seachdain sin aig Fèis Latharna.

Chaidh buidheann-fòcais a dhèanamh air-loidhne le dithis oide agus tèile le dithis phàiste bhon uair sin.

Tha planaichean air dòigh dha muinntir Amplify a thighinn a Leòdhas. Bidh dà latha de choinneamhan a' gabhail àite aig Grinneabhat, le dìnear air an oidhche Mhàirt agus cèilidh air an oidhche Chiadain dhaibh.

Turas
Tha planaichean air dòigh airson an dàrna phàirt de Thuras, is a' bhuidheann de dheugairean a' falbh a Ghaoth Dobhair eadar 6-9 den Òg-mhìos. Leis gu bheil com-pàirtichean againn bho air feadh na dùthcha, bidh cuid a' siubhal à Inbhir Nis agus cuid à Glaschu.

Ainm	**Maria NicCasgaill**
Dreuchd	**Rianaire agus Stiùir Dìon Chloinne**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Ag uallachadh rianachd PVG airson Achd Foillseachaidh ùr (bho 1 Gilbean 2025 air adhart).
- A' clàradh na sgaoilidhean gualain a thig bho program na buidhne.
- Ùrachaidhean ris an stòr-dàta (oidean, buill, agus ionnsramaidean).
- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.
- Làimhseachadh leantainneach air ionnsramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh.
- Fàirdeal agus clàradh chosgaisean.
- Rianachd PVG, sgrùdaidhean agus iarrtasan.
- Fàirdealachadh, clàradh chosgaisean, rèite banca.
- A' coileanadh ordain leabhraichean (air-loidhne, fòn agus p/d)
- A' dearbhadh ID airson tagraidhean PVG tro Zoom
- A' cur ri Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal do Thagraichean
- A' cur ri buileachadh Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal do Thagraichean
- A' cur a-steach tagraidhean PVG do *Volunteer Scotland* (114 tagraidhean)

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

- Ag ùrachadh eòlas air stiùireadh Achd Foillseachaidh (Alba) 2020 tro Volunteer Scotland

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn
- FAILEAS 81 air fhoillseachadh

Fèisean nan Gàidheal

Pròram 2025-26 ùraichte son Alba Chruthachail agus Plana CII 2025-28

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 2.2025.02(d)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun phròram airson 2025-26 agus Plana Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII) a chaidh air adhart gu Alba Chruthachail.

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird mu shoirbheas ar tagradh airson maoineachadh ioma-bhliadhnail bho Alba Chruthachail airson 2025-28, a chaidh a dhearbhadh na bu thràithe am-bliadhna.

Bhon uair sin, chaidh a' chiad chuibhreann den tabhartas a phàigheadh dhuinn fon aonta ùr againn agus chaidh iarraidh oirnn na leanas a chur a-steach, ro 16mh Cèitean:

1. Plana Pròraim airson Bliadhna 1 ùraichte, stèidhichte air eisimpleir a thugar dhuinn
2. Cunntas air gnìomh sam bith san tagradh ioma-bhliadhnail againn NACH BI a' dol air adhart a-nis mar thoradh air duais nas ìsle ga tabhann dhaibh
3. Fiosrachadh Ionmhaisail airson Bliadhna 1 le fiosrachadh ionmhais ùraichte
4. Leth-bhreac den Phlana Gnìomh CII againn.

Leis a' cheann-latha a chuir iad romhainn, cha robh e comasach fiosrachadh mu na sgrìobhainnean seo a thoirt don Bhòrd mus deach an cur a-steach ach tha am plana a chaidh air adhart gu mòr a rèir Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal 2024-28 a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd roimhe.

Plana Pròraim 2025-26 agus Plana CII 2025-28

Tha Plana Pròraim agus buidseat 2025-26 (puingean 1 agus 3 gu h-àrd) anns na duilleagan a leanas – pàipear 2.2025.02(d)-1 – san riochd a dh'iarr Alba Chruthachail.

Chan eil puing 2 a' buntainn ri Fèisean nan Gàidheal oir bu chòir dhuinn a bhith comasach a h-uile rud a chuir sinn romhainn a lìbhrigeadh leis a' mhaoineachadh a chaidh a thoirt seachad le Alba Chruthachail agus na suimeannan a bharrachd a fhuaireadh o chionn ghoirid bho Bhòrd na Gàidhlig agus bhon Mhaoin Dualchais. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun dheidhinn-sa ann an 2.2025.03(g).

Tha am Plana CII a chaidh a-steach ann am pàipear 2.2025.02(d)-2. A-rithist, tha na molaidhean sa phlana stèidhichte air Plana Pròraim 2024-28. Cha robh an stiùireadh buileach soilleir air seo, ach tha sinn air Plana CII a chur a-steach airson nan trì bliadhna den aonta againn le Alba Chruthachail anns a bheil targaidean bliadhnail comharraichte. Dh'fhaodadh nach bi seo iomchaidh, ach dhèanadh e ciall Plana CII a bhith againn a tha a' freagairt air ùine a' Phlana Pròraim againn agus air am b' urrainn dhuinn aithris mu adhartas gach bliadhna.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:
1. Aontachadh ais-sheallaidh a thoirt ris a' Phlana Pròraim ùraichte airson 2025-26 agus Plana CII 2025-28 agus
2. Fa-near a thort do suhsbaint nan sgrìobhainnean a chaidh a-steach do dh'Alba Chruthachail.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Cèitean 2025

Creative Scotland Multi-Year Funding

Activity Plan - 2025/2026

Please enter your application number - this should be in the format CS-MYFP-XXXXX-XXXX: CS-MYFP-23021-5907

Please enter your organisation name: Fèisean nan Gàidheal

				MYF Criteria Contribution					
Activity number	**Description of Activity**	**Anticipated outputs**	**Planned start date**	**Quality and Ambition**	**Engagement**	**Equalities, Diversity and Inclusion**	**Environmental Sustainability**	**Fair Work**	**International**
Activity 1	Regular funding for activities through a Grants Scheme for Fèisean tied to a commitment to pay tutors industry standard rates and real living wag to local administrators	Grants agreed for around 45 Fèisean by the end of May 2025 for 2025-26 activities.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 2	Development funding to support change or innovation	Open grants scheme established, promoted and applications encouraged by August 2025.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 3	Strategic and practical support through a network of Development Officers each with a portfolio of Fèisean overseeing services such as instrument lending, insurance, external fund-raising and disclosure checking	High quality support offered to our membership network of local Fèisean throughout the year to enhance the volunteer experience and reduce the burden on committee members.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 4	Regular engagement with local Fèisean through Lead Officers, an annual conference to coincide with publication of our Annual Report, and other gatherings	Online meetings on a regular basis and face-to-face meetings when possible. Our Annual Report will be published, and our Annual Gathering of the Fèisean held, by 30.09.25.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 5	Assistance with implementing our Gaelic Language Policy and further development of Gaelic use in Fèisean everywhere, but with a special focus on the needs of those based in areas designated as of linguistic significance	Practical assistance with translations and training to increase use of Gaelic in all Fèisean. Additional activities will be supported in areas of linguistic significance should such designations be made on implementation of the Scottish Languages Act	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes			
Activity 6	Enhancing the understanding and status of our work through dissemination of news	There will be regular updates and news through our social media channels as well as news releases to general media outlets. An online newsletter will be distributed quarterly through our mailing list on Mailchimp	2025/26 Q1		Yes	Yes	Yes		Yes
Activity 7	Including young people in decision-making within Fèisean nan Gàidheal and encouraging the same in local Fèisean	Young people to be retained on our Board. Young people will be invited to join the Blas Programming Group. Young people will be invited to participate in focus groups for AMPLIFY and to gather feedback on Fèisean nan Gàidheal activities for evaluation purposes. Fèisean will be encouraged to include young people	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes			
Activity 8	Provision of additional financial assistance, where required, to ensure access for those with additional support needs	Fèisean will be made aware of the specific fund available to ensure access to activities and funds will be made available when required.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes			
Activity 9	Production of new Gaelic and traditional music resources in digital formats as well as the collection and digitisation of traditional Gaelic songs	Resources will be produced to back up a range of projects and made available to all. The Fuaran project will be progressed from April with additional funding having been secured for two years which will include the employment of a part-time co-ordinator	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes		Yes	Yes

Activity 10	Regular training for tutors, staff and committee members	A programme of training sessions will be put in place for tutors, based on teaching skills. Staff training needs are identified through appraisals and will be offered at times to suit individuals. Training for Fèis committees will be offered as and when required with collective sessions at the organisation's Annual Gathering in September.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 11	Regular Gaelic language training for Fèis tutors and language planning for committees to facilitate an increase in Gaelic use	We expect to offer around 10 Gaelic language sessions for Fèis tutors and 3 online sessions for Fèis organisers in basic language planning, to assist them increase the use of Gaelic in Fèis activities.	2025/26 Q3	Yes	Yes	Yes	Yes		
Activity 12	Collaborative working to offer further progression to individual young people	When opportunities arise, we will collaborate with a range of organisations to ensure young people have opportunities to develop their creative skills further. This will include film-making for FilmG, support to undertake mentoring through the TRACS scheme as well as availability of PRA in certain skills.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes		Yes	
Activity 13	Utilising digital platforms to deliver at least some training online, reducing travel and carbon emissions	At least 50% of training sessions will be offered online.	2025/26 Q3	Yes	Yes		Yes		
Activity 14	Provision of digitisation, collecting and transcribing skills for young people as well as opportunities for creative writing, composition, music business and performance skills	Opportunities will be offered through other elements of our programme such as Fuaran, Cèilidh Trails and new commissions.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes		Yes	Yes
Activity 15	Participation in initiatives leading to employment in the arts and creativity	Attend careers events to inform young people of the opportunities in traditional arts. Young people will be employed as assistant/shadow tutors to develop their teaching skills and paid performance opportunities through Cèilidh Trails and at Blas as well as in other initiatives.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes		Yes	
Activity 16	Promotion of Fèisgoil as a coherent service offering opportunities for active participation in creative learning across a wide programme	Fèisgoil will continue to offer a wide range of activities to assist public bodies and local authorities encompassing YMI lessons, Blasad Gàidhlig sessions, Beairteas language enrichment creative sessions, Gaelic Awareness training and a range of Gaelic drama work for early years through to secondary school age pupils.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 17	Residential opportunities for community activities delivered in Gaelic including 5 Latha, the Sgoil-shamhraidh Dràma and a new, additional community-based event	5 Latha will take place in Lewis at Easter 2025. The Gaelic Drama Summer School will take place in Skye in July. A new community-based event will be developed and delivered in a venue, and at a time, still to be confirmed. In addition, there will be residential opportunities with Irish counterparts through the 'Turas' programme and if a National Fèis	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 18	Gaelic medium drama workshop and performance programme	This element of the programme will include tours around early years groups, Gaelic medium primary schools, drama work in schools where Gaelic is taught as an additional language and a Gaelic medium panto	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	

Activity 19	Support for new Gaelic song writing	New songs will feature in Fèisgoil work and at the Blas Festival, possibly in a collaboration with BBC Radio nan Gàidheal. We are also exploring a collaborative project with Tinderbox which would involve work with Irish partners.	2025/26 Q2	Yes	Yes			Yes	Yes
Activity 20	Gaelic support at Fèisean to ensure engagement of more young people with the language	Where needed, Fèisean nan Gàidheal will make available teams of Gaelic-speaking creative assistants to support a Gaelic environment in individual Fèisean.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes		Yes	
Activity 21	Support for Gaelic medium artforms and activities delivered in schools through Fèisgoil, including Mini-Fèisean to ensure knowledge of, and participation in, Gaelic culture	These will be advanced as opportunities arise but will probably be from the new 2025-26 school session onwards (from August 2025).	2025/26 Q3	Yes	Yes	Yes		Yes	
Activity 22	Continuation of support for local Fèis performances	Financial support for performances by tutors and participants at local Fèisean through the Grants Scheme for Fèisean, to be offered by	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 23	Support for Fèis Cèilidh Trails or other tourism-based performance activities	We expect to support 5 Cèilidh Trails groups during 2025 with around 80 performances between them.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	
Activity 24	Organisation of an annual Blas Festival, or rural programming, including new commissions	The Blas Festival is due to take place from 5 to 13 September 2025. The programme should be published by 30.06.25.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 25	Promoting Fèis participation in national events and themed years as well as learning and showcasing opportunities in Scotland or abroad, with a focus on Gaelic-speaking Cape Breton and Ireland	We will continue our participation in the EU-funded AMPLIFY project which will run until 2028. We will organise exchanges with Irish cultural groups for young people - one on each side of Sruth na Maoile - during the year. Funding permitting, we hope to have some Cape Breton musicians participating in Blas	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes		Yes	Yes
Activity 26	Ensuring our work is available to a wide and diverse audience through digital platforms, in particular FèisTV	We will commission 4 new series for our Oide online learning platform. We expect to stream at last 10 events during the year utilising our FèisTV service.	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 27	Delivery of Tasgadh and Maoin nan Ealan Gàidhlig on behalf of Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig as funding permits	If funding from Creative Scotland is made available, we will run both schemes on its behalf with additional support from Bòrd na Gàidhlig for Maoin nan Ealan Gàidhlig.	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 28	Ensure high standards of governance through regular Board meetings with papers published on the organisation's website to ensure transparency.	At its regular meetings, two of which will be online and two face-to-face, the Board will consider programme updates, relationships with funding bodies, risk management, EDI, cardon reduction activities and Fair Work First	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes		
Activity 29	Developing, maintaining and implementing a range of policies and plans to support safeguarding, risk assessment & management, Gaelic, carbon reduction, EDI and Fair Work First	Staff will manage risk on a day-to-day basis and will update policies as and when required for approval by the Board. Existing policies will be adhered to by Fèisean nan Gàidheal staff and individual Fèisean, as	2025/26 Q1	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes	Yes
Activity 30	Ensuring all staff undergo an annual review with an opportunity for open discussion on pay and conditions then, and at other times throughout the year and that any necessary training is offered to allow them to reach their full potential	Appraisals will be carried out in December although there will be regular staff meetings during the year with Fair Work First a standing item on the agendas. Fèisean nan Gàidheal will make pay awards in line with the local authority settlement negotiated between COSLA and Unison	2025/26 Q2	Yes	Yes	Yes		Yes	

Multi-Year: Financial Proforma -Income, Expenditure, Capital and Reserves

Organisation:	**Feisean nan Gaidheal**
Application number - this should be in the format CS-MYFP-XXXXX-XXXX:	**CS-MYFP-23021-5907**

Please complete the boxes shaded yellow if applicable.
Hover over the description cell for some lines to reveal a comments box which will give more detail on how to fill it in

If you input a negative reserves number in cells D63 or D64 please preface with a minus sign "-" before the number. No other numbers should be shown as negatives.
Income and expenditure sections below relate to in-year accounting income and expenditure
Please ensure you complete the cashflow proforma in another sheet of this workbook as, for many organisations, cash flow can be significantly different to accounting income less expenditure

The month that your organisation's financial year ends	31/03/2025

Income					**Key Assumptions/Comments**
Income	**2024/25**	**2025/26**	**2026/27**	**2027/28**	
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands				
Activity/programme related (e.g. ticket, entrance, classes, membership)	455,748	461,350	477,300	494,750	
Non-activity/programme related (e.g., retail, catering, hospitality, rental)					
Creative Scotland RFO/Multi-Year Funding	466,667	734,991	734,991	734,991	
Creative Scotland other	90,000	101,500	90,000	90,000	
Local Authority	124,018	138,302	141,302	141,302	
Creative Industry Tax Relief					
Other Public Funding	235,738	276,200	278,824	241,900	
Private: Donations, Gifts and Legacies	720	3,000	6,000	6,000	
Trust and Foundations	30,000	30,000	74,030	91,463	William Grant Foundation
Other	57,853	104,925			AMPLIFY
Total income	**1,460,744**	**1,850,268**	**1,802,447**	**1,800,406**	
Charitable Restricted income included in total income above					

Expenditure					**Key Assumptions/Comments**
Expenditure	**2024/25**	**2025/26**	**2026/27**	**2027/28**	
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands				
Artistic and Creative Programme	804,275	1,259,225	1,191,574	1,157,200	
Administration	452,311	497,454	533,823	567,006	
Building excluding Gas/Oil/Electric	26,000	34,000	34,000	34,000	
Gas/Oil Electric	8,902	15,000	14,600	14,300	
Marketing and Communications	8,629	2,000	2,200	2,400	
Project Access Costs	15,668	19,000	19,500	20,000	
Other	0	16,589	0	0	
Total Expenditure	**1,315,785**	**1,843,268**	**1,795,697**	**1,794,906**	
Charitable Restricted expenditure included in total expenditure above	47,730				
Income Less Expenditure (operating surplus/(deficit))	**144,959**	**7,000**	**6,750**	**5,500**	

Capital					**Key Assumptions/Comments**
Capital income	**2024/25**	**2025/26**	**2026/27**	**2027/28**	
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands				
Creative Scotland	0				
Other Public bodies	0				
Other sources (including loan funding)	0				
Total Capital Income	**0**	**0**	**0**	**0**	
Capital Expenditure					
Major capital projects	0				
Other capital expenditure	0	7,000	6,750	5,500	
Total Capital Expenditure	**0**	**7,000**	**6,750**	**5,500**	

Balance Sheet		**Key Assumptions/Comments**
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands	
Reserves: Start of Year- restricted	47,730	
Reserves: Start of Year- unrestricted & Board designated	351,715	
Total Reserves: Start of Year	**399,445**	

Organisation:	**Feisean nan Gaidheal**
Application number:	**CS-MYFP-23021-5907**

Please completed boxes shaded yellow if applicable.

If your cash balance at the start if 2024/25 (cell D37) is negative (i.e. an overdraft) please put a negative "-" before the number. No other numbers shou

Cash Flow

Cash inflow

	2024/25	2025/26	2026/27	2027/28
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands			
Activity/programme related (e.g. ticket, entrance, classes, membership)	485,748	461,350	477,300	494,750
Non-activity/programme related (e.g., retail, catering, hospitality, rental)				
Creative Scotland RFO/Multi-Year Funding	466,667	734,991	734,991	734,991
Creative Scotland other	90,000	101,500	90,000	90,000
Local Authority	124,018	138,302	141,302	141,302
Creative Industry Tax Relief				
Other Public Funding	235,738	276,200	278,824	241,900
Private: Donations, Gifts and Legacies	720	3,000	6,000	6,000
Trust and Foundations	0	30,000	74,030	91,463
Other	57,853	104,925		
Capital Income (per Capital Section)	0	0	0	0
Total Cash Inflow	**1,460,744**	**1,850,268**	**1,802,447**	**1,800,406**

Cash outflow

	2024/25	2025/26	2026/27	2027/28
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands			
Artistic and Creative Programme	804,275	1,259,225	1,191,574	1,157,200
Administration	452,311	497,454	533,823	567,006
Building excluding Gas/Oil/Electric	26,000	34,000	34,000	34,000
Gas/Oil Electric	8,902	15,000	14,600	14,300
Marketing and Communications	8,629	2,000	2,200	2,400
Project Access Costs	15,668	19,000	19,500	20,000
Other	0	16,589	0	0
Capital expenditure (per Capital section)	0	7,000	6,750	5,500
Total Cash Outflow	**1,315,785**	**1,850,268**	**1,802,447**	**1,800,406**

Net Cash inflow (outflow)	**144,959**	**0**	**0**	**0**
	Please enter original numbers - DO NOT divide into thousands			
Cash Balance (overdraft) at Start of Year	399,445			
	Quarter 1	**Quarter 2**	**Quarter 3**	**Quarter 4**

Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas
Plana Gnìomh 2025-28

Equality, Diversity and Inclusion
Action Plan 2025-28

Fèisean nan Gàidheal
Meall House
Portree
Isle of Skye
IV51 9BZ

www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Plana Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas 2025-28
Equality, Diversity and Inclusion Action Plan 2025-28

Clàr-innse | Contents

1	**Cùl-fhiosrachadh** | Background Information	1
2	**Dàta** | Data	3
3	**Cinn-uidhe, cunnart agus ceangal ri pròg**ram | Objectives, risk and fit with programme	6
4	**Builean** | Outcomes	11
5	**Sùil air adhartas** | Monitoring	11

Fèisean nan Gàidheal is a company limited by guarantee, registration number SC130071, registered with OSCR as a Scottish Charity, number SC002040, and gratefully acknowledges the support of its main funders
Creative Scotland | Bòrd na Gàidhlig | The Scottish Government
The Highland Council | Argyll & Bute Council | William Grant Foundation
as well as support from various other local authorities and public bodies with which we work

Fèisean nan Gàidheal is a partner in the AMPLIFY project

1 CÙL-FHIOSRACHADH | BACKGROUND INFORMATION

‘S e beachd Fèisean nan Gàidheal gu bheil com-pàirt anns na h-ealain agus obair chruthachail ag adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd, a’ cur ri sunnd agus ri eaconamaidh na h-Alba. Tha dealas aig a’ bhuidheann a thaobh co-ionnanachd, iomadachd agus in-ghabhaltas ann an gnìomhan na buidhne fhèin agus gnìomhan nam Fèisean. Tha a’ bhuidheann air a bhith a’ lìbhrigeadh Phlanaichean CII gu soirbheachail airson grunn bhliadhnaichean ach tha sinn den bheachd gu bheil na dleastanasan sin freumhaichte nar gnìomhan ‘s nar dòighean lìbhrigidh. Tha ar Poileasaidh So-ruigsinneachd a’ toirt barrachd fiosrachaidh mu gheallaidhean a thaobh a’ cur às de leth-bhreith agus bacaidhean fiosaigeach do chom-pàirteacheas.

Fèisean nan Gàidheal believes participation in the arts and creativity promotes equality and diversity, contributes to wellbeing and to the economy of Scotland. The organisation is committed to equality, diversity and inclusion in relation to its own activities and those of its member Fèisean. The organisation has been delivering EDI Plans successfully for some years and we feel our programme demonstrates those responsibilities are embedded in our activities and the ways in which we approach their delivery. Our Access Policy goes into further detail about our commitments on the removal of discrimination and physical barriers to participation.

Tha maoin shònraichte againn gus cosgais sam bith a bharrachd airson luchd-cùraim a dh’obraichadh le daoine òga le ciorraman no feumalachdan a bharrachd a ghiùlain, gus dèanamh cinnteach gum faighear cothrom air obair chruthachail. Tha Fèisean nan Gàidheal na fhastaiche an Tuarastal Bith-beò agus làn dhealasach a thaobh Obair Chothromach an Toiseach airson luchd-obrach agus luchd-ealain neo-cheangailte. Bithear a’ frithealadh air ruigsinneachd anns na h-ionadan a thèid a chleachdadh. B’ fheàrr le Fèisean ionadail sgoiltean a chur gu feum a' tabhann raon de dh'àiteachan a tha ruigsinneach. 'S e briseadh-dùil a th' ann gu bheil ùghdarrasan ionadail a' cruthachadh chnapan-starra a thaobh ruigsinneachd le cìsean mì-reusanta a’ sparradh air buidhnean a tha airson goireasan coimhearsnachd a chleachdadh.

We have a specific fund in place, for example, to cover any additional costs in employing carers to accompany young people with disabilities, or additional needs, to ensure access to creative work. Fèisean nan Gàidheal has been accredited as a Living Wage employer and is fully committed to Fair Work First for staff and freelance artists. Physical access is catered for in the venues we utilise. One of the reasons local Fèisean use schools for their activities is because they offer a range of spaces and are fully accessible. It is disappointing that local authorities are creating barriers to access through the imposition of unaffordable fees for the use of community resources.

Tha an dàta a tha sinn air cruinneachadh thar nam bliadhnaichean, agus a tha sinn a’ tional fhathast, a’ dearbhadh gu bheil co-ionannachd gnè follaiseach ann am Bòrd is luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, gu bheil barrachd bhoireannaich na fireannaich an sàs mar luchd-teagaisg agus ceòladairean agus gu bheil mòran a bharrachd bhoireannaich na fireannaich an sàs ag eagrachadh agus a' ruith Fhèisean ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.

The data we have collected over the past years, and continue to collect, confirms that Fèisean nan Gàidheal’s Board and staff demonstrates gender equality, there are more women than men engaged as tutors and performers while there are significantly more women than men involved in organising and running Fèisean in communities across Scotland.

Tha iomadachd nas duilghe leis gu bheil data a’ dearbhadh gu bheil a’ mhòr-chuid de dhaoine a tha an sàs ann an cultar na Gàidhlig gan aithneachadh fhèin de chinnidheachd Albannach

Diversity is more problematic since our EDI data confirms that the majority of people who engage with Gaelic culture identify as being of White Scottish ethnicity. However, we are proactive in

Geal. Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' feuchainn ri dèiligeadh ri seo tron obair againn ann an coimhearsnachdan agus sgoiltean, gu sònraichte, far a bheil gach sgoilear an sàs.

trying to tackle this through our work in communities and, particularly, schools where we cater for all pupils.

Tha Fèisean air a bhith taiceil do dh'fhògarraich agus luchd-imrich eile, gan cuideachadh ri aonachadh nan coimhearsnachdan ùra.

Fèisean have been very supportive of refugees and other migrants, helping them integrate within their new home communities.

Ged a dh'fhaodadh beachd a bhith ann nach eil Gàidheil – luchd-labhairt na Gàidhlig – air an dìon fo Achd Co-ionnanchd 2010, anns an Lèirmheas Neo-eisimeileach aige air Reachdas Eucoir Gràin ann an Alba, thuirt am Morair Bracadal: "tha argamaid meadhanach làidir ann gum buin Gàidheil le Gàidhlig do 'bhuidheann chinnidheach' taobh a-staigh brìgh an tromachaidh cinnidh gnàthach."

While it might appear *Gàidheil* - Gaelic speakers – are not specifically protected under the Equality Act 2010, in his *Independent Review of Hate Crime Legislation in Scotland,* Lord Bracadale stated: "there is a fairly strong argument that Gaelic speaking Gaels belong to an 'ethnic group' within the meaning of the current race aggravation."

Fèis nan Garbh Chrìochan	£7,125	£1,918	£10,571	120	£1,512	£0	£21,126	£0	£21,126
Fèis Chataibh	£7,273	£3,222	£5,813	70	£882	£0	£17,190	£0	£17,190
Fèis a' Bhealaich	£761	£0	£396	0	£0	£0	£1,157	£0	£1,157
Fèis Eige	£2,819	£905	£569	35	£441	£0	£4,734	£0	£4,734
Fèis Ghallaibh	£0	£645	£1,915	0	£0	£0	£2,560	£0	£2,560
Fèis Farr	£114	£236	£352	0	£0	£0	£702	£0	£702
Fèis na h-Òige	£3,995	£2,124	£1,633	0	£0	£0	£7,752	£0	£7,752
Fèis Air an Oir	£6,172	£1,428	£3,076	100	£1,260	£0	£11,936	£0	£11,936
Fèis Ghleann Albainn	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis Rois	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis a' Bhaile	£3,215	£835	£3,095	0	£0	£0	£7,145	£0	£7,145
Fèis Òigridh na Mara	£0	£2,505	£6,295	95	£1,197	£0	£9,997	£0	£9,997
Fèis Inbhir Narann	£0	£557	£11,604	95	£1,197	£0	£13,358	£0	£13,358
Fèis Spè	£1,631	£2,209	£5,745	100	£1,260	£2,000	£10,845	£2,000	£8,845
Fèis an Iar Thuath	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis Thròndairnis	£3,897	£1,106	£0	35	£441	£0	£5,444	£0	£5,444
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd	**£55,634**	**£22,100**	**£57,704**	**840**	**£10,584**	**£9,500**	**£146,022**	**£20,228**	**£125,794**
COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR									
Fèis Tìr a' Mhurain	£6,575	£0	£3,299	50	£630	£0	£10,504	£0	£10,504
Fèis Eilean an Fhraoich	£9,300	£0	£7,816	80	£1,008	£0	£18,124	£0	£18,124
Fèis Tìr an Eòrna	£6,404	£0	£3,692	50	£630	£0	£10,726	£0	£10,726
Fèis Bharraigh	£6,788	£0	£9,866	100	£1,260	£0	£17,914	£0	£17,914
Fèis Eilean na Hearadh	£6,500	£0	£0	35	£441	£0	£6,941	£0	£6,941
Fèis an Rubha	£4,281	£0	£0	0	£0	£0	£4,281	£0	£4,281

Fèis Taigh Dhonnchaidh	£2,713	£0	£6,389	70	£882	£0	£9,984	£2,713	£7,271
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar	**£42,561**	**£0**	**£31,062**	**385**	**£4,851**	**£0**	**£78,474**	**£2,713**	**£75,761**
COMHAIRLE EARRA-GHÀIDHEAL IS BHÒID									
Fèis Latharna	£5,500	£5,075	£9,828	0	£0	£9,000	£20,403	£19,575	£828
Fèis Mhuile	£300	£925	£0	0	£0	£0	£1,225	£0	£1,225
Fèis Thiriodh	£4,394	£2,000	£0	35	£441	£0	£6,835	£0	£6,835
Fèis Ìle agus Dhùira	£3,510	£2,500	£7,784	0	£0	£0	£13,794	£0	£13,794
Fèis na h-Apainne	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis an Tairbeirt	£430	£1,500	£4,525	60	£756	£0	£7,211	£0	£7,211
Iomlan Earra-Ghàidheal is Bhòid	**£14,134**	**£12,000**	**£22,137**	**95**	**£1,197**	**£9,000**	**£49,468**	**£19,575**	**£29,893**
SGÌREAN/COMHAIRLEAN EILE									
Fèis Arainn	£3,711	£0	£7,827	0	£0	£0	£11,538	£0	£11,538
Fèis Mhoireibh	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis Dhùn Èideann	£3,197	£0	£10,540	120	£1,512	£0	£15,249	£0	£15,249
Fèis Obair Dheathain	£1,180	£0	£1,769	40	£504	£0	£3,453	£837	£2,616
Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar	£0	£0	£1,700	10	£126	£0	£1,826	£0	£1,826
Fèis Lannraig a Tuath	£3,725	£0	£0	0	£0	£0	£3,725	£0	£3,725
Fèis Fhoirt	£2,836	£0	£4,049	70	£882	£0	£7,767	£0	£7,767
Fèis Ghlaschu	£4,563	£0	£4,240	60	£756	£0	£9,559	£0	£9,559
Fèis Chille Brìghde an Ear	£0	£0	£0	0	£0	£0	£0	£0	£0
Fèis Innis an Uillt	£651	£0	£950	0	£0	£0	£1,601	£0	£1,601
Fèis an Iar Dheas	£477	£0	£0	15	£189	£0	£666	£0	£666
Fèis Phàislig	£7,960	£0	£8,742	120	£1,512	£0	£18,214	£0	£18,214
Fèis Thatha	£3,266	£0	£1,285	30	£378	£0	£4,929	£0	£4,929
Iomlan Sgìrean/Comhairlean Eile	**£31,566**	**£0**	**£41,102**	**465**	**£5,859**	**£0**	**£78,527**	**£837**	**£77,690**
	Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN	**£143,895**	**£34,100**	**£152,005**	**1785**	**£22,491**	**£18,500**	**£352,491**	**£43,353**	**£309,138**

Fèisean nan Gàidheal

Cùmhnantan Maoineachaidh

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 2.2025.03(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu shuidheachadh prìomh chùmhnantan maoineachaidh na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Mar is àbhaist bidh sinn a' cumail chòmraidhean gu cunbhalach ri riochdairean bho na buidhnean a tha gar maoineachadh agus tha e riatanach fiosrachadh a bhith aig buill a' Bhùird mu inbhe nan cùmhnantan leotha.

Cùmhnantan Maoineachaidh

1. Alba Chruthachail

Chaidh a' chiad chuibhreann de mhaoineachadh ioma-bhliadhnail Alba Chruthchail airson 2025-26, £183,747.75, a phàigheadh sa Ghiblean.

Mar a chaidh a mhìneachadh ann an 2.2025.02(d), chaidh iarraidh oirnn fiosrachadh a bharrachd a chur gu Alba Chruthachail gus ar n-aonta airson 2025-26 a chrìochnachadh agus, ma thèid gabhail ris na molaidhean againn, bidh an dàrna cuibhreann airson an aon shuim ri phàigheadh tràth san Iuchar.

Bha e mar dhleastanas oirnn, a rèir ar cùmhnaint, innse do Alba Chruthachail mu thagraichean airson dreuchd a' Cheannaird agus fiosrachadh a thoirt seachad mun phròiseas fastaidh.

2. Bòrd na Gàidhlig

Às dèidh àrdachadh ann am maoineachadh do Bhòrd na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba airson 2025-26, air an do rinn sinne iomairt còmhla ri feadhainn eile, tha mi toilichte gun deach suim a bharrachd de £37,000 a thabhann do dh'Fhèisean nan Gàidheal airson 2025-26. A bharrachd air àrdachadh de £7,300 gus dèiligeadh ri cosgaisean àrda àrachais nàiseanta, tha an tairgse iomlan bho Bhòrd na Gàidhlig luach £274,300.

Chaidh a' chiad chuibhreann de £137,150 a phàigheadh, an dèidh dhuinn ar n-ainm a chur ris an aonta airson na bliadhna a tha romhainn. Tha pàipear 2.2025.03(g)-1 a' toirt fa-near na Builean, Prìomh Chomharran Coileanaidh agus Cumhaichean a' Phrògraim mar fhiosrachadh do bhuill a' Bhùird.

3. Comhairle na Gàidhealtachd agus High Life na Gàidhealtachd

Chaidh innse dhuinn air 12 Màrt gum biodh Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt seachad £37,794 airson taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus £62,869 airson Blas ann an 2025-26. Chaidh fàirdealan a chur chun chomhairle agus tha sinn an dùil ris an airgead a dh'aithghearr.

Tha tabhartas Comhairle na Gàidhealtachd do na Fèisean taobh a-staigh nan suimeannan a tha ri fhaicinn ann an 2.2025.03(f) agus tha seo dìreach os cionn 25% den mhaoineachadh iomlan a chaidh a thabhann dhaibh.

Tha sinn air a bhith ag ullachadh airson Fèis Bhlas a chumail eadar 5mh agus 13mh Sultain agus tha dà choinneamh air a bhith ann bho chionn ghoirid de Bhuidheann Prògramaidh na fèise. Tha Chrissie NicRath air aontachadh barrachd den rianachd agus phlanadh a ghabhail os làimh am-bliadhna a shaoradh ùine san sgioba.

Chaidh dòchas mu fhaochadh de sheòrs air choreigin bho chosgaisean màil sgoiltean a sguabadh às nuair nach do nochd a leithid ann am molaidhean mu bhuidseat na comhairle. Tha na cosgaisean sin a' cur casg air Fèisean ionadail togalaichean na comhairle a chur gu feum agus tha sin a' ciallachadh nas lugha de theachd-a-steach, chan e barrachd, do Chomhairle na Gàidhealtachd.

Dh'iarr Norman Bolton bho High Life na Gàidhealtachd cosgaisean airson an obair ICO againn a lìbhrigeadh ann an sgoiltean rè 2025-26. Chan eil dùil sam bith ri àrdachadh ann am maoineachadh, agus mar sin thèid lìbhrigeadh a lùghdachadh tuilleadh leis gu bheil dleastanasan cùmhnantail againn ri Obair Chothromach an Toiseach a chur an gnìomh. Ach, tha e coltach gun tèid iarraidh oirnn leantainn air adhart le leasanan ciùil traidiseanta a lìbhrigeadh anns a h-uile bun-sgoil sa Ghàidhealtachd tro Fhèisgoil.

Chùm Comhairle na Gàidhealtachd co-labhairt Gàidhlig air 1mh Cèitean far an robh Fèisean nan Gàidheal air a riochdachadh. Tha mi a' tuigsinn gun tèid aithisg air toraidhean na co-labhairt ullachadh airson na h-ath choinneimh de Chomataidh Gàidhlig na comhairle.

4. Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid
Bidh maoineachadh de £18,450 ri fhaighinn bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid airson 2025-26.

Chaidh coinneamh a chumail le Suzanne Mason agus Mairi NicillInnein bhon chomhairle air 14mh Cèitean gus beachdachadh air an aithisg ràitheil as ùire againn agus tha sinn an dùil gun tèid aonta ùr a chur an sàs a dh'aithghearr airson na bliadhna ionmhais seo.

5. Comhairle nan Eilean Siar
Aig a' choinneimh aca air 4mh Gearran 2025, bhòt Comataidh Gàidhlig na Comhairle moladh a dhèanamh don làn-chomhairle gum biodh £6,400 ri fhaighinn ann an 2025-26, bhon bhuidseat Gàidhlig, airson seachd Fèisean anns na h-Eileanan Siar. Ged a bhios fàilte ga chur air seo, tha e a' ciallachadh lùghdachadh iomlan de £2,880 air maoineachadh 2024-25. Tha seo na adhbhar dragh, le maoineachadh airson Fèisean air a lùghdachadh 50% thairis anns na còig bliadhna a dh'fhalbh is a' Chomhairle a' leantainn ro-innleachd gus maoineachadh a tharraing bho bhuidhnean an sàs anns na gnìomhachasan cruthachail.

Bidh a' Chomhairle, ge-tà, a' cleachdadh cuid de mhaoin Oighreachd a' Chrùin a tha fo a smachd gus £1,500 a thoirt do gach Fèis agus tha sin buannachdaill.

Tha an t-aonta againn taic seinn a lìbhrigeadh ann an sgoiltean Uibhist agus Bharraigh a' leantainn le Fèisgoil agus bidh tuilleadh fiosrachaidh ann an aithisg Manaidsear Fèisgoil.

6. Maoin Dualchais
Dh'ullaich Abi NicIlleRuaidh agus Calum Macmhaoilein iarrtas agus fhuair sinn £93,849 bhon Mhaoin Dualchais (roimhe Maoin Dualchais a' Chrannchuir) gus taic a thoirt don phròiseact Fuaran thairis air dà bhliadhna, a' gabhail a-steach co-òrdanaiche pàirt-ùine fhastadh. Chaidh sanas a' sireadh buidheann ùr de sheinneadairean is luchd-ciùil a sgaoileadh faisg air deireadh na bliadhna ionmhais agus tha an cothrom obrach air a shanasachadh a-nise cuideachd.

Chaidh leth den mhaoin a phàigheadh mar-thà agus bidh leth eile ri fhaighinn aon uair 's gu bheil builean bliadhna 1 air an coileanadh agus air an dearbhadh.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:
1. Fa-near a thoirt do shuidheachadh nan cùmhnantan maoineachaidh aig an àm seo agus don fhiosrachadh sa phàipear-taic
   agus
2. Ceistean a chur no puing a thogail mu chùis sam bith far a bheil soilleireachadh a dhìth.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Cèitean 2025

Builean, Prìomh Chomharran Coileanaidh is Cumhaichean a' Phròg raim

Tha an earrann seo den Chlàr a' cur an cèill amasan an Tabhartais, na builean a thathar ag amas gun tèid a choileanadh, na Prìomh Chomharran Coileanaidh a thèid a chleachdadh airson tomhas gun deach na builean a choileanadh, is cumhaichean ri linn cleachdadh an Tabhartais is ruith na buidhne.

Thathar an dùil gun tèid fiosrachadh a thoirt seachad anns gach aithisg adhartais air mar a thathar a' coileanadh gach Prìomh Chomharra Coileanaidh is buil, is mar a thathar a' cumail ri cumhaichean.

Mur eil a' Bhuidheann-fhaotainn a' coileanadh bhuilean no Prìomh Chomharran Coileanaidh, no a' cumail ri cumhaichean, faodar seo adhbharachadh ìsleachadh no stad den Tabhartas agus/no Tabhartasan san àm ri teachd.

Raon-obrach 1	**Na Fèisean**		
Buil 1	**Taic ann do na Fèisean airson an obair aca a leasachadh is a dhìon is barrachd aithne a thoirt air a' Ghàidhlig tromhpa**		
PCCan	1.1.1	1.1.2	1.1.3
	Taic ga chumail ri 46 Fèisean ionadail sa bhliadhna is Gàidhlig ga brosnachadh an lùib obair nam Fèisean	Adhartas bliadhna-air-bliadhna air a shealltainn air an uimhir de Ghàidhlig air a chleachdadh anns na Fèisean	Fianais bho chom-pàirtichean anns na Fèisean gu bheil obair nam Fèisean air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice no ga h-ionnsachadh
Buil 2	**Misneachd air a togail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig le tuilleadh chothroman gan toirt seachad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta**		
PCCan	1.2.1	1.2.2	1.2.3
	30 tachartas air an cumail le Fèisean ionadail sa bhliadhna a tha a' cur na Gàidhlig air adhart	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dhaoine a tha a' frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean	Fianais bho luchd-frithealaidh tachartasan nam Fèisean gu bheil iad nas misneachaile a thaobh na Gàidhlig agus a' gabhail chothroman a cleachdadh
Cumhaichean			
1.3.1	Gun fheum na Fèisean ionadail agus/no Chomataidhean nam Fèisean ionadail a bhith pàigheadh an Tuarastal Bith-beò fìor ma tha iad faighinn tabhartas bho Fèisean nan Gàidheal.		

Raon-obrach 2	A’ leasachadh sgilean is thàlantan cruthachail		
Buil 1	**A’ toirt seachad trèanadh do dh’oidean nam Fèisean gus a bheil iad nas comasaiche is gu bheil na Fèisean a’ toirt seachad ìre àrd de thrèanadh**		
PCCan	2.1.1	2.1.2	2.1.3
	Pròram trèanaidh bliadhnail air a lìbhrigeadh, a’ gabhail a-steach trèanadh Gàidhlig, le co-dhiù 12 seisean air an lìbhrigeadh	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dh’oidean a th’ air taic trèanadh Gàidhlig fhaighinn	Fianais bho chom-pàirtichean san trèanadh Ghàidhlig gu bheil e air piseach a thoirt air na sgilean cànain aca
Buil 2	**Cothroman gan toirt do dh’òigridh airson sgilean cainnt is misneachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh tro thachartasan-còmhnaidh is eadar-ghinealaich**		
PCCan	2.2.1	2.2.2	2.2.3
	Tachartasan Sgoil-samhraidh Dràma is 5 Latha air an cumail le àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna, ma bhios a leithid comasach anns na h-àitichean far am bi na tachartasan a’ dol air adhart.	Tachartasan còmhnaidh ùr air a chur air dòigh ann an 2025/26 airson clann a thoirt còmhla gus Gàidhlig a chleachdadh	Sgeama Beairteas air a ruith is àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna
	2.2.4		
	Fianais bho chom-pàirtichean ann an tachartasan còmhnaidh agus Beairteas gu bheil iad seo air cur ris na sgilean cainnt aca is am misneachd gus Gàidhlig a chleachdadh		
Buil 3	**Goireasan ciùil is teagaisg gan cur air-loidhne gus a bheil iad nas ruigsinniche is cothrom aig barrachd dhaoine feum a dhèanamh orra**		
PCCan	2.3.1	2.3.2	2.3.3
	Pròram de chruinneachadh is didseatachadh òrain Ghàidhlig air a ruith is clàraidhean ri fhaighinn dhan phobaill	Sanasachd agus obair sgaoilidh ga dhèanamh airson na h-òrain a thoirt do dh’àireamhan nas motha de luchd-èisteachd.	Fianais bho chom-pàirtichean gu bheil Fuaran, is pròiseactan eile, a’ cur ris an eòlas a th’ aca air òrain Ghàidhlig agus am misneachadh a’ Ghàidhlig a chleachdadh nas trice.
Cumhaichean			
2.4.1	Gu bheil ceanglaichean gan togail le Tobar an Dualchais, agus daoine is buidhnean iomchaidh eile san raon seo, tro phròiseact cruinneachaidh is didseatachaidh òrain Ghàidhlig.		

Raon-obrach 3	**A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail**		
Buil 1	**Luchd-ionnsachaidh is daoine gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh tro Fhèisgoil**		
PCCan	3.1.1	3.1.2	3.1.3
	Pròram Fèisgoil air a lìbhrigeadh le 100 seisean/bùiththean-obrach dràma, 150 seisean Blasad Gàidhlig (no barrachd ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùsan eile) agus 20 seisean tràth-bhliadhnaichean (Hùb-Hab no eile)	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho phròiseactan Fèisgoil an taca ri 2024/25	Fianais gu bheil tachartasan Fèisgoil a’ cur ris an ùidh am measg sgoilearan, agus an tidsearan, gus Gàidhlig a chleachdadh no ionnsachadh
Buil 2	**Cothroman a bharrachd ri fhaighinn do luchd-ealain le Gàidhlig a bhith a’ faighinn cosnadh is a’ leudachadh nan sgilean aca**		
PCCan	3.2.1	3.2.2	3.2.3
	Oidean Gàidhlig a’ faighinn chothroman seiseanan Fèisgoil a lìbhrigeadh is faighinn buannachd bho thrèanadh is cothroman leasachadh proifeasanta eile	Ma bhios meudachadh san obair seo, àrdachadh bliadhna-air-bliadhna air an àireamh de dh’oidean le Gàidhlig an sàs ann a bhith a’ lìbhrigeadh sheiseanan às leth Feisgoil	Fianais bho oidean Fèisgoil gu bheil an obair air a bhith na tlachd dhaibh is iad air cothroman a bharrachd fhaighinn gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh

Raon-obrach 4	**A’ tàladh luchd-èisteachd is a’ meudachadh nan àireamhan aca**		
Buil 1	**Cothroman a bharrachd ann do luchd-ealain a bhith a’ cur phròiseactan air dòigh is luchd-èisteachd a ruigsinn gus Gàidhlig a chur air adhart**		
PCCan	4.1.1	4.1.2	4.1.3
	Sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith dà thuras sa bhliadhna ann an co-bhonn le Alba Chruthachail mar chothrom fosgailte do bhuidhnean is daoine cur a-steach airson maoineachadh, le co-dhiù £45,000 air a thabhann bhon Tabhartas	A rèir nam pròiseactan a gheibh taic, ag amas air adhartas bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh dhaoine/luchd-èisteachd a bhios a’ faighinn buannachd bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig	Fios air ais bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig a’ sealltainn gu bheil iad air daoine a bhrosnachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no a’ Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh

Buil 2	**A’ neartachadh turasachd chultarach Ghàidhlig is meas a’ phobaill air na h-ealainean traidiseanta tro thachartasan fìrinneach tron Fhèis Blas**		
PCCan	4.2.1	4.2.2	4.2.3
	Fèis Blas air a cumail ann an co-bhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd is buidhnean com-pàirt eile le àrdachadh bliadhna-air-bliadhna air an àireamh tachartasan air a chumail (co-dhiù 25)	Fàs bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh luchd-ealain is luchd-èisteachd a tha an sàs no a’ frithealadh tachartasan Fèis Blas	Ìre àrd de riarachas air a sealltainn bho luchd-èisteachd tachartasan Fèis Blas a thaobh tlachd bho na tachartasan is cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis
Buil 3	**Ag obair gu h-eadar-nàiseanta airson aithne a thoirt air cultar na Gàidhlig is ceanglaichean a thogail le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail**		
PCCan	4.3.1	4.3.2	4.3.3
	A’ sruthadh 5 tachartasan beò tro FèisTV (barrachd ma bhios maoin ga ceadachadh) is cur ri clàraidhean de thachartasan a tha ri fhaighinn air-loidhne uair sam bith	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna ann an àireamhan luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV air no a tha an sàs ann am pròiseactan eile aig Fèisean nan Gàidheal an taca ri 2024/25	Fianais bho luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV no com-pàirtichean ann am pròiseactan le dàimh eadar-nàiseanta gu bheil iad air barrachd tuigse a thogail air a’ Ghàidhlig
Cumhaichean			
4.4.1	Gu bheil riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air pannal-measaidh iarrtasan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		

Raon-obrach 5	**Riaghladh is Rianachd**		
Buil 1	**Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a’ cumail ri deagh mhodhan riaghlaidh**		
PCCan	5.1.1	5.1.2	5.1.3
	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a’ foillseachadh aithisg bhliadhnail is cunntasan bliadhnail	Gu bheil tilleachdan gan toirt seachad do dh’OSCR agus Companies House ann an deagh àm mar a tha a dhìth	Gu bheil coinneamhan cunbhalach ann de bhòrd na buidhne
	5.1.4	5.1.5	
	Gu bheil poileasaidhean corporra iomchaidh aig a’ bhuidhinn agus gu bheilear gan ath-ùrachadh bho àm gu àm	Gu bheil lèirmheas air plana gnìomhachais na buidhne mar a tha a dhìth is eagrannan ùr sam bith air a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig	

Buil 2	**Gu bheil luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal a’ faighinn taic iomchaidh**		
PCCan	5.2.1	5.2.2	
	Gu bheil an tuarastal bith-beò fìor ga phàigheadh do luchd-obrach, luchd-ealain, oidean, cunnradairean no daoine eile a tha ag obair às leth na buidhne, a rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Obair Chothromach	Gu bheil seanailean taice agus conaltraidh gan toirt seachad do luchd-obrach fa leth, a rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Obair Chothromach	
Buil 3	**Gu bheil Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas**		
PCCan	5.3.1	5.3.2	
	Gu bheil bòrd-stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal a’ cumail sùil air ìre stòrasan gun chuing is am poileasaidh stòrasan aige a rèir feumalachdan na buidhne	Gu bheil deagh dhàimhean gan cumail le ùghdarrasan ionadail agus Alba Chruthachail	
Cumhaichean			
5.4.1	Gu bheil fios ga thoirt do Bhòrd na Gàidhlig cho luath ’s a tha atharrachadh ann am ballrachd Bòrd no luchd-obrach na buidhne.		
5.4.2	Gu bheil geàrr-chunntasan coinneamhan a’ Bhùird gan deasachadh agus gan cur gu Bòrd na Gàidhlig an dèidh aonta fhaighinn.		
5.4.3	Gu bheil a’ bhuidheann a’ cumail clàr-chunnartan, air a bheilear a’ dèanamh lèirmheas le bòrd-stiùiridh na buidhne co-dhiù aon turas gach bliadhna.		

Raon-obrach 6	**Conaltradh is Co-obrachadh**		
Buil 1	**Gu bheil barrachd daoine mothachail is eòlach air obair Fhèisean nan Gàidheal**		
PCCan	6.1.1	6.1.2	
	Gu bheil àireamh luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta a’ fàs bliadhna-air-bliadhna	Co-dhiù 6 sanasan-naidheachd agus/no cuairt-litrichean gam foillseachadh is gan sgaoileadh gach bliadhna air obair na buidhne	

Buil 2	**Gu bheil buidhnean Gàidhlig ag obair nas dlùithe còmhla**		
PCCan	6.2.1 Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh Fhèisean nan Gàidheal is oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig anns an sgìre aca	6.2.2 Gu bheil co-obrachadh air a bhrosnachadh eadar Fèisean ionadail is Mòdan ionadail fo stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich	
Cumhaichean			
6.3.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha air ùrachadh bho àm gu àm.		

Fèisean nan Gàidheal

Ceannard ùr: Ùghdarras

Àireamh air a’ Chlàr-chùisean: 2.2025.04(a)

Adhbhar a’ Phàipeir

Aonta a shireadh bho bhuill a’ Bhùird air diofar cheadan a dh’fheumar gus dèanamh cinnteach gum faod an Ceannard ùr gnìomhan a choileanadh le ùghdarras gnìomhach.

Bun Fhiosrachadh

Chaidh Calum Ailig Macmhaoilein fhastadh mar Cheannard ùr Fèisean nan Gàidheal agus tòisichidh e san dreuchd tràth san Ògmhios. Tha grunn chùisean ann air am biodh soilleireachadh buannachdail, no dearbhadh feumail gus eadar-ghluasad furasta a chur an sàs. Leigeadh seo leis raon farsaing de dhleastanasan a ghabhail os làimh gus dèanamh cinnteach à leantainneachd ann an obair na buidhne.

Cùisean air a bheil feum air beachdachadh

Is iad seo na cùisean air a bheil dearbhadh ga shireadh:

1. Bidh ùghdarras aig a’ Cheannard bhon Bhòrd sgrìobhainnean a shoidhnigeadh às leth Fèisean nan Gàidheal, mura h-eil feum sònraichte ann airson sgrìobhainn a bhith air a shoidhnigeadh le urrasair na buidhne.
2. Thèid an Ceannard a chur an sàs mar neach-soidhnidh airson gnothaichean banca, a’ toirt cothrom dha cunntasan banca na buidhne air-loidhne, le Virgin Money, a làimhseachadh.
3. Bidh cead aig a’ Cheannard cairt creideis a bhith aige ann an ainm na buidhne, le crìoch £10,000, cuide ri Virgin Money, airson cosgaisean gnìomhachais a-mhàin.
4. Thèid an Ceannard a chur an dreuchd mar ghnìomharaiche, còmhla ris a’ Mhanaidsear Gnìomha, air làrach CAF/Flagstone far am bi airgead taisgte aig Fèisean nan Gàidheal.
5. Bidh an Ceannard a’ gabhail dreuchd Rùnaire Companaidh air Blas Earranta, companaidh a tha fo shealbh Fèisean nan Gàidheal.
6. Bidh an Ceannard ag obair mar neach-labhairt airson Fèisean nan Gàidheal ach a-mhàin ann an cùisean far a bheilear den bheachd gu bheil e nas freagarraiche don Chathraiche a leithid a dhèanamh.
7. Bidh ùghdarras aig a’ Cheannard sgrìobhainnean a chruthachadh airson co-chomhairlean pàrlamaideach, agus co-chomhairlean eile, taobh a-staigh crìochan raon obrach agus phoileasaidhean stèidhichte Fèisean nan Gàidheal.

8. Thèid urrasair, no ball eile den luchd-obrach, a chur an dreuchd mar stiùiriche air Blas Earranta agus thèid ùrachaidhean a chlàradh le Taigh nan Companaidhean cho luath ‘s a ghabhas.

9. Chaidh na Modhan-obrach Ionmhaisail ann an 2.2025.04(a)-1 ùrachadh gus atharrachadh ann an ainm ar bancairean a cheartachadh agus airson an goireas tasgaidh a tha aig Fèisean nan Gàidheal le CAF/Flagstone a dhearbhadh. Ma thèid an aontachadh, bu chòir don Bhòrd dearbhadh gum bi modhan-obrach a’ Cheannaird annta a’ buntainn ris a’ Cheannard ùr.

Faodar còmhradh a chumail mu na cùisean seo aig coinneamh a’ Bhùird agus faodar ceistean sam bith a fhreagairt, no atharrachaidhean sam bith aig ùghdarras a’ Cheannard a dheasbad.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a’ Bhùird:

1. Beachdachadh air puingean 1 gu 7 gu h-àrd agus dearbhadh, le atharrachaidhean sam bith a tha riatanach, gum bu chòir an cur an gnìomh
2. Urrasair, no ball den luchd-obrach, ainmeachadh mar stiùiriche air Blas Earranta
   agus
3. Na Modhan-obrach Ionmhaisail ùraichte, ann an 2.2025.04(a)-1, aontachadh agus dearbhadh gum bi iad a’ buntainn ris a’ Cheannard ùr.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Cèitean 2025

Rianachd Chunnartan agus Poileasaidhean

Modhan-obrach Ionmhasail

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

An ceann-latha air an d' fhuair e aonta	23/05/2025
Adhbhar	Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill siostaman ionmhasail Fèisean nan Gàidheal agus mar a bhuineas iad ris gach pàirt de dh'obair na buidhne.
Geàrr-iomradh	Tha am poileasaidh a' mìneachadh cò air a tha an tuallach airson ghluasadan airgid is cùisean ionmhasail agus chithear fios air ìrean ceadaichte airson ghluasadan airgid, agus fios air dleastanasan an Ionmhasair agus Buill a' Bhùird a thaobh riaghladh ionmhas Fèisean nan Gàidheal.

Fèisean nan Gàidheal

Modhan-obrach Ionmhasail

1. Mìneachadh

Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill siostaman ionmhasail Fèisean nan Gàidheal agus mar a bhuineas iad ris gach pàirt de dh'obair na buidhne, a' gabhail a-steach an fho-chompanaidh tha fo làn-shealbh na buidhne, Fèis Bhlas Earranta.

2. Dleastanasan

'S ann air a' Cheannard (a thaobh an luchd-obrach), agus air an Ionmhasair (aig ìre a' Bhùird), a tha an t-uallach deireannach airson na tha Fèisean nan Gàidheal a' cosg, agus 's iadsan a tha cunntachail air a shon.

3. Crìochan Ùghdarrais

Tha ùghdarras aig a' Cheannard, am Manaidsear Gnìomha agus am Manaidsear Leasachaidh cosgaisean is tabhartasan a cheadachadh taobh a-staigh nan crìochan a leanas a chaidh aontachadh:

Seòrsa cosgais	Ga ceadachadh	An t-sùim a tha ceadaichte
Tabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard is Manaidsear Gnìomha	Suas ri £20,000 airson aon Fhèis
Tabhartasan do dh'Fhèisean	Aonta a Bhùird a dhìth	£20,001 no barrachd airson aon Fhèis
Tabhartasan Leasachaidh	Manaidsear Leasachaidh	Suas ri £5,000 airson aon Fhèis
Tabhartasan Leasachaidh	Aonta a Bhùird a dhìth	£5,001 no barrachd airson aon Fhèis
Cìsean Riaghlaidh do dh'Fhèisean	Ceannard	Suas ri £20,000 airson aon Fhèis
Tuarastalan no Suimeannan do Chunnradairean	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £5,000 sa mhìos airson aon neachobrach no cunnradair
Cosgaisean Luchd-obrach	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,000 sa mhìos airson aon neachobrach
Pàigheadh do dh'Oidean	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,500 airson aon sùim pàighidh do dh'oide
Pàigheadh do dh'Oidean	Ceannard	£1,501 - £5,000 airson aon sùim pàighidh do dh'oide
Cosgaisean Calpa	Ceannard	Suas ri £5,000 airson aon ghluasad airgid ma bha e sa bhuidseat mu thràth
Cosgaisean Coitcheann	Manaidsear Gnìomha	Suas ri £1,000 airson aon sùim a thèid a phàigheadh
Cosgaisean Coitcheann	Ceannard	£1,001 - £5,000 airson aon sùim a thèid a phàigheadh
Cùmhnantan Coitcheann	Ceannard	Suas ri £10,000 airson aon chùmhnant
Cùmhnantan Seirbheis	Aonta a' Bhùird a dhìth às dèidh dhuinn tairgsean farpaiseach iarraidh	£10,001 no barrachd airson aon chùmhnant
Cùmhnantan gus Blas a Lìbhrigeadh	Ceannard	Suas ri £20,000 airson aon chùmhnant
Cosgais Neo-àbhaisteach	Ceannard	Suas ri £1,000
Cosgais Neo-àbhaisteach	Aonta a Bhùird a dhìth	Sùim sam bith nas motha na £1,001

Ann an suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach nuair a thèid aontachadh ri buidseatan airson phròiseactan far a bheilear a' moladh suimeannan airgid a chosg air cùmhnantan fa leth a tha nas motha na tha ceadaichte leis na crìochan gu h-àrd, faodaidh an Ceannard leithid a shuimeannan a chaidh aontachadh a phàigheadh gun chead a bharrachd bhon Bhòrd.

4. Dleastanasan an Luchd-soidhnigidh is Buill a' Bhùird

'S iad an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha a tha a' cur an ainm ris gach gnothach banca, agus tha cead aca na goireasean banca eadar-lìn a th' aig Fèisean nan Gàidheal le Virgin Money agus Flagstone a chleachdadh. Feumar dà ainm a chur ris gach seic.

Dheigheadh iarraidh air Buill a' Bhùird aonta a chur ri atharraichean air òrduighean banca. Dh'fheumadh a' mhòrchuid de dh'atharraichean aontachadh aig coinneamh a' Bhùird co-dhiù. Nuair a dh'fheumar òrdugh leantainneach no cìs chunbhalach a chur air dòigh airson cunntas banca, cuiridh na h-oifigearan iad sin air dòigh a rèir nan ìrean ceadaichte airson chosgaisean a tha an urra ri diofar oifigearan mar a chithear sa chlàr gu h-àrd. Ma tha a' chosgais nas motha na na suimeannan ceadaichte, iarrar aonta a' Bhùird.

5. A' Nochdadh Chom-pàirtean is Tabhartasan do na Fèisean

Bu chòir gum bi e an urra ris a' Bhòrd na tabhartasan uile aontachadh còmhla gach bliadhna, mar as trice 's ann aig Coinneamh a' Bhùird sa Ghearran a thachras e. Feumar strì sam bith a tha, no a dh'fhaodadh a bhith ann, eadar com-pàirtean a chomharrachadh agus bu chòir dèiligeadh ris. Feumar innse mu gach ceangal ionmhasail ri cùisean coimeirsealta a bheir/no a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air, agus/no a dh'fhaodadh a dhol an aghaidh, obair Fèisean nan Gàidheal, no feumaidh sibh innse nach eil ceangal ionmhasail agaibh ris a' chùis a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air gnothaichean agus sin a dhèanamh ann an sgrìobhadh. Feumar innse mu dheidhinn cuideachd ma tha ceangal ann far am faodadh com-pàirtean prìobhaideach buaidh a thoirt air com-pàirtean proifeiseanta. Tha tabhartasan nam Fèisean air an riarachadh a rèir foirmle, ach a-mhàin na Tabhartasan Leasachaidh. Tha grunn Bhuill a' Bhùird a' riochdachadh Fhèisean a dh'fhaodadh a bhith a' faighinn tabhartas, ach cha bhi Buill a' Bhùird a' gabhail gnothaich ri co-dhùnaidhean a thaobh ìre nan tabhartasan airson Fèisean fa leth, ach nuair a tha na suimeannan nas motha na tha ceadaichte do na h-oifigearan aontachadh.

6. Ag Òrdachadh Bathar is Sheirbheisean

Feumaidh a h-uile neach-obrach tuigsinn, gur ann nuair a thèid òrdan a chur a-steach a thathar a' dearbhadh gun tèid sùim a phàigheadh, chan ann nuair a thèid iarraidh oirnn a phàigheadh. Mar sin, tha e cudromach gun tèid nithean òrdachadh gu ceart, agus a rèir bhuidseatan aontaichte, chumhachdan tiomnaichte agus chrìochan ùghdarrais a chithear gu h-àrd.

Tha foirmichean-ceadachaidh rim faotainn airson luchd-obrach gus cead nam manaidsearan aca a chlàradh.

7. Cead gus Suimeannan a Phàigheadh agus Leabhar Ceannaich

Chan fhaod ach an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha aontachadh ri suimeannan a phàigheadh, ach nuair a thig e gu Tabhartasan Leasachaidh ris am bi am Manaidsear Leasachaidh a' dèiligeadh, le crìoch suas ri £5,000 airson gach Fèis. Bidh am Manaidsear Gnìomha cuideachd a' gabhail dleastanasan a' Cheannaird os làimh mura h-eil e/i ann, agus an uair sin faodaidh am Manaidsear Gnìomha suimeannan a cheadachadh a rèir crìochan ùghdarraichte a' Cheannaird a chithear sa chlàr gu h-àrd.

8. A' Sgrìobhadh agus a' Soidhnigeadh Sheicichean agus A' Pàigheadh Shuimeannan tron Eadarlìon

Thèid luchd-soidhnigidh a thaghadh bho am measg àrd luchd-dreuchd is Buill a' Bhùird a-mhàin, agus feumaidh Buill a' Bhùird aontachadh ri neach-soidhnigidh ùr mus cuirear fios chun a' bhanca.

Faodaidh an Ceannard, am Manaidsear Gnìomha no Neach-rianachd seic a sgrìobhadh, ach feumaidh an Ceannard agus am Manaidsear Gnìomha an soidhnigeadh.

Thèid tuarastalan a phàigheadh tro sheirbheisean banca eadar-lìn leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, ach thèid an aontachadh gach mìos leis a' Cheannard.

Chan fhaod luchd-soidhnigidh an ainm a chur ri seic a tha sgrìobhte dhaibh fhèin mura deach a' chosgais aontachadh ro-làimh, agus cha fhaod iad an ainm a chur ri seicichean bàn. Bu chòir seicichean a lìonadh gu tur

(cò dha a tha i, an t-sùim ann am faclan is àireamhan, agus ceann-latha) mus cuirear ainm riutha. Aig amannan gu math sònraichte faodar seic bhàn a thoirt seachad fhad 's a tha e ag ràdh 'Cha cheadaichear sùim nas motha na £...' oirre. Cha chuirear seic mar seo a-mach ach le aonta a' Cheannaird no a' Mhanaidseir Ghnìomha ro-làimh agus chan fhaodar a dhèanamh ach ann an suidheachadh far nach eil roghainn eile ann. Feumar cuidhteasan airson an tseòrsa cosgais seo a thilleadh sa bhad.

9. Tuarastalan, Clàr-pàighidh, Luchd-obrach ag Obair air an Ceann Fhèin, Cunnradairean agus Suimeannan Pàighidh a Bharrachd

Tha e mar dhleastanas air Fèisean nan Gàidheal siostam PAYE a ruith, agus aithrisean freagarrach a chur a-steach gu HMRC agus suimeannan a phàigheadh dhaibh. Feumaidh gach neach a tha ag obair do dh'Fhèisean nan Modhan-obrach Ionmhasail Fèisean nan Gàidheal Gàidheal, air cùmhnant stèidhichte no sealach, P45 a thoirt dhaibh, no an ainm a chur ri teisteanas P46 no ri teisteanas a tha a' saoradh oileanaich bho chìsean, no feumaidh iad innse carson nach urrainn dhaibh fear a thoirt seachad. Thèid gach sùim a phàigheadh le seic no dìreach a-steach don chunntas bhanca aig daoine.

Air sgàth 's mar a tha Fèisean nan Gàidheal ag obair, bidh sinn a' cleachdadh chunnradairean a tha ag obair air an ceann fhèin. Chan fhastaidh sinn cunnradairean ach nuair a tha e ceadaichte fo na crìochan pàighidh ann an Earrainn 3 gu h-àrd. Bithear a' coimhead air a' mhòr-chuid mar luchd-obrach a tha ag obair air an ceann fhèin, agus feumaidh cùmhnantan airson an leithid a dhaoine seo a shealltainn gu follaiseach.

Feumaidh an Ceannard aontachadh ris a' phàigheadh a gheibh daoine airson a bhith ag obair barrachd uairean na na h-uairean àbhaisteach aca.

Mar as trice, thèid daoine a phàigheadh tron t-siostam eadar-lìn aig Virgin Money, agus e a' dol dìreach a-steach gu cunntasan banca an luchd-obrach. Faodaidh an Ceannard coimhead air na suimeannan tuarastail a thèid a phàigheadh. Thèid tuarastalan a phàigheadh air no ron 20mh latha de gach mìos.

10. Ìrean Pàighidh, Iasadan agus A' Faighinn Pàigheadh Tràth

Thèid ìrean pàighidh aontachadh leis a' Cheannard, agus thèid an atharrachadh aig àm nam measaidhean-obrach, no aig amannan eile, ma tha atharraichean a dhìth fhad 's a tha iad gu h-iomlan taobh a-staigh budseit aontaichte.

Aontaichidh am Bòrd Stiùiridh tuarastal a' Cheannaird.

Cha toirear iasadan do luchd-obrach, ach a-mhàin le aonta bhon Bhòrd Stiùiridh. Faodar pàirt den tuarastal aig luchd-obrach a phàigheadh dhaibh tràth, nì a chuireas am Manaidsear Gnìomha air dòigh. Chan fhaodar ach suas ri 50% de thuarastal aon mhìos a phàigheadh tràth, agus thèid a phàigheadh air ais bhon ath chuibhreann den tuarastal. Chan fhaod neach-obrach pàigheadh tràth iarraidh barrachd air trì tursan sa bhliadhna ionmhasail.

11. Teachd-a-steach

Tha a' mhòr-chuid de theachd-a-steach Fèisean nan Gàidheal a' tighinn bho thabhartasan bhon riaghaltas no bho bhith a' reic sheirbheisean agus bathar a rinneadh. Thathar a' comharrachadh an teachd-a-steach uile a gheibh Fèisean nan Gàidheal, ga chruinneachadh, a' cumail chuidhteasan air a shon agus ga chur dhan bhanca gu sgiobalta agus mar bu chòir agus thèid a chlàradh ann an siostam cunntasachd na buidhne. Cuideachd tha rianan-smachd èifeachdach ann gus airgead a chruinneachadh, a chumail agus airson bancadh.

Thèid fàirdealan a chur a-mach airson gach nì a reicear cho luath 's a ghabhas gu practaigeach no nuair a bhios an t-seirbheis air a lìbhrigeadh. Gus dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh iomlan ann do luchd-pàighidh agus a thaobh nithean a chaidh a reic, thèid fàirdealan a chur a-mach fiù 's nuair a thathar a' pàigheadh airson bathar no seirbheis aig an aon àm 's a thathar a' cur òrdan a-steach.

Bu chòir gach fàirdeal a chur ann an sgrìobhainn le ceann-litreach oifigeil, freagarrach air, agus bu chòir an sgrìobhadh a rèir nan riaghailtean airson fhàirdealan, a' gabhail a-steach àireamh chlàraidh VAT airson Fèis Bhlas Earranta.

Tha e an urra ris an neach-obrach a tha a' cur air dòigh gum faigh sinn tabhartas dèanamh cinnteach gun iarrar na cuibhreannan den tabhartas nuair a bu chòir no nuair a tha iad rim faotainn, agus gu bheil fios aig gach neachobrach buntainneach agus am Manaidsear Gnìomha air cùmhnantan buntainneach an tabhartais agus air ciamar a thèid an t-airgead a chosg.

12. Cunntasan Banca

Tha cunntasan banca aig Fèisean nan Gàidheal le Virgin Money, 15 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, IV1 1JN. Tha ceithir cunntasan aig a' bhuidhinn: cunntas làitheil, cunntas làitheil le riadh, cunntas àrd-rèidh agus cunntas airson urras leasachaidh (fon ainm Lochaber Development Account). Cuideachd, tha cunntas làitheil aig Fèis Bhlas Earranta le Virgin Money. Tha Fèis Bhlas Earranta na fho-chompanaidh fo làn-shealbh Fèisean nan Gàidheal agus tha e clàraichte airson VAT.

Tha e an urra ris a' Cheannard agus am Manaidsear Gnìomha am feum as fheàrr as urrainn dhaibh a dhèanamh de dh'airgead na buidhne le bhith ga ghluasad gu cunntasan àrd-rèidh tro CAF/Flagstone nuair a tha còrr ann, agus an t-airgead a chumail an sin cho fad 's as urrainnear gus am faighear an teachd-a-steach as motha as urrainnear bho riadh.

13. Cairtean Cunntais

Airson gum bi e nas fhasa bathar is seirbheisean a cheannach, tha cairt cunntais aig a' Cheannard, am Manaidsear Gnìomha, am Manaidsear Leasachaidh agus Manaidsear Fèisgoil airson cunntas làitheil na buidhne. Cha chleachdar iad seo ach nuair nach eil e freagarrach seic no na seirbheisean banca eadar-lìn a chleachdadh airson pàigheadh, no nuair a dh'fheumar airgead a phàigheadh mus fhaighear am bathar. Cha chleachdar iad ach nuair a thathar a' dèiligeadh ri companaidhean is buidhnean dearbhte, agus feumar cuidhteasan a ghleidheadh airson gach cosgais. Bidh an t-Oifigear Ghnothaichean a' rèiteachadh nan cunntasan airson nan cairtean cunntais.

14. Clàran Cunntasachd

Bithear a' cumail chlàran cunntasachd ceart. Tha an siostam cunntasachd stèidhichte air uidheaman coimpiutaireachd, a' cleachdadh MYOB agus Excel, ach cleachdar clàran pàipeir cuideachd ma dh'fheumar.

'S ann an urra ris a' Mhanaidsear Ghnìomha a tha na siostaman cunntasachd aig Fèisean nan Gàidheal, a' gabhail asteach ùrachaidhean sam bith a tha dhìth airson dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman fhathast ag obair mar bu chòir air an uidheamachd choimpiutaireachd. Bidh am Manaidsear Gnìomha no an t-Oifigear Ghnothaichean a' dèanamh rèiteachadh air na cunntasan banca, agus sin an crochadh air cò an neach-obrach a chuir am fiosrachadh a-steach, feuch am bi rianan-smachd freagarrach ann agus feuch am bi eadar-dhealachadh soilleir eadar na dleastanasan is dreuchdan aig daoine. 'S e an neach-sgrùdaidh aontaichte a bhios ag ullachadh chunntasan riaghlaidh ràitheil agus nan cunntasan bliadhnail.

15. Ag Aontachadh Bhuidseatan

Thèid buidseatan bliadhnail airson teachd-a-steach is cosgaisean ullachadh airson aonta bhon Bhòrd Stiùiridh sa Ghearran gach bliadhna, mus tòisich a' bhliadhna ionmhais air a bheilear a' beachdachadh. Thèid ro-mheasaidhean airson an t-Sruth-airgid ullachadh mar as iomchaidh.

16. A' Cumail Sùil air Ionmhas agus Sgrùdaidhean

Tha bliadhna ionmhais Fèisean nan Gàidheal a' ruith eadar 1 Giblean agus 31 Màrt.

Bheir am Bòrd Stiùiridh sùil air cùisean ionmhasail na buidhne gach ràith, agus iad a' toirt an aire do dh'fhiosrachadh a bheir an luchd-obrach seachad agus cunntasan riaghlaidh a tha air an sgrùdadh le neach-sgrùdaidh bhon taobh amuigh.

Thèid cunntasan bliadhnail a chur a-steach airson an sgrùdadh, mar a dh'fheumar fo Achd nan Companaidhean, riaghailtean OSCR agus cùmhnantan nan tabhartasan; thèid an ullachadh a rèir riaghailtean airson bhuidhnean carthannais, agus a rèir riaghailtean cunntasachd buntainneach eile. Bu chòir gum bi an dreachd dheireannach de na cunntasan deiseil airson an cur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san t-Sultain gach bliadhna, agus thèid na cunntasan sgrùdaichte a shoidhnigeadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail.

17. Dleastanasan Coitcheann an Ionmhasair

Bu chòir don Ionmhasair a bhith ag obair gu dlùth còmhla ris, agus a bhith a' toirt taic is comhairle don Mhanaidsear Ghnìomha. 'S iad na dleastanasan sònraichte aca:

A' toirt stiùireadh is comhairle don Bhòrd nuair a tha iad a' cur aonta ri buidseatan, cunntasan agus aithrisean ionmhasail, taobh a-staigh frèam poileasaidh iomchaidh.

- A' cumail fios ris a' Bhòrd mu na dleastanasan ionmhasail aca.
- Ag innse don Bhòrd mun bhuaidh ionmhasail a bhios aig planaichean ro-innleachdail Fèisean nan Gàidheal agus na prìomh bheachdan a chaidh a ghabhail sa phlana ghnìomha agus sa bhuidseat bhliadhnail.
- A' dearbhadh gu bheil ionmhas gu leòr aig Fèisean nan Gàidheal airson na tha dhìth an-dràsta agus san àm ri thighinn.
- A' tuigsinn nam modhan cunntasachd agus nam prìomh rianan-smachd aig a' bhuidhinn, gus an urrainn dhaibh dearbhadh don Bhòrd gu bheil cùisean ionmhasail Fèisean nan Gàidheal air stèidh dhaingeann.
